



Scottish  
Forestry / Coilltearachd  
na h-Alba

# Seanchas nan Craobh



Goireas ionnsachaид





# Seanchas nan Craobh le Claire Hewitt



Chaidh Seanchas nan Craobhan a chruthachadh thairis air bliadhna agus e stèidhte air ainmhidhean is lusan Cheann a Tuath Siorrachd Pheairt. Chaidh na stòiridhean a chruthachadh sa mhìos dha bhuin a' chraobh, a rèir beul-aithris.

Tha sgeulachdan a' dol a-steach nar cridheachan agus a-mach tro ar làmhan. Chan ann le faclan a mhàin a tha sgeulachdan gan cruthachadh ach le ar làmhan.

## Molaidhean air aithris Sgeulachdan

### Lorg do sgeulachd f Èin

Mas ann airson sgeulachd innse san seann nòs a tha thu, "Sùil ri Sùil, Inntinn ri Inntinn agus Cridhe ri Cridhe", seo mar a nì thu e. Gabh ùine airson a dhol thar nan sgeulachdan agus tagh tè às a bheil thu a' faighinn brosnachadh mòr.

### Leugh gu h-aithghearr i

Innis an sgeulachd dhut fhèin – na puingean as cudromaich ann an dhà no trì seantansan i.e. 'Cò mu dheidhinn a tha an sgeulachd seo?'



### Leugh gu h-aithghearr a-rithist i

Na prìomh phuingean a-mhàin. Cha leig thu leas cuimhneachadh ach air na caractaran agus òrdugh nan tachartasan – cnàmhan na sgeòil.

### D Èan geàrr-iomradh air an sgeulachd

Aithris a-nise geàrr-iomradh na sgeulachd (a' bruidhinn a-mach) gun coimhead air an teacsa. Aithris ann an dòigh shìmplidh i. 'S dòcha gum

bi e na chuideachadh dhut dealbh a dhèanamh air na tachair san sgeulachd ach an cuimhnich thu i.

### Cuir do ghleans fh Èin air an sgeulachd

Leig anail agus aithris a-rithist i. Cuir beagan feòl' air na cnàmhan, gabh air do shocair agus cuir do gleans fh Èin oirre. Faigh dòigh air a h-aithris a fhreagras ort fh Èin nad fhaclan fh Èin. Tha e na chuideachadh dhòmhsha a dhol a-mach air cuairt a' labhairt

# Bliadhna de sheanchas chraobhan

na sgeulachd, oir tha cuairtean agus sgeulachdan nan tursan le ruitheam.

Air neo dh'fhaodadh e bhith gum faigh thu lorg air a' chraobh a th' anns an sgeulachd agus gun suidh thu ri a taobh airson an sgeulachd innse.

## Ag aithris na sgeulachd

Tha thu a-nise deiseil an sgeulachd a thoirt beò, oir às aonais dhaoine ag èisteachd riut cha tig i beò. Cuir faireachdainn dha d' aithris – le d' aghaidh, do làmhan agus do chorp air fad.

Thig leasachadh is atharrachadh oirre mar a dh'fhàsas tu nas eòlaiche oirre agus bidh i diofraichte a rèir cò a tha ag èisteachd riut. Cuir a-steach rudan a thachair nad bheatha fhèin. Fhad's a tha thu ag innse sgeulachdan, chì thu mar a thig beachdan ùra thugad air sgeulachdan a tha deiseil airson thighinn beò.



Mìos	Craobh	Duilleag	Mum dheidhinnse	Duilleag
Am Faoilleach	Iubhar	4	An t-lubhar	28
An Gearran	Caorann	6	An Caorann	30
Am Màrt	Seileach	8	An Seileach	32
An Giblean	Beith	10	A' Beith	34
An Cèitean	Sgitheach	12	An Sgitheach	36
An t-Ògmhios	Uinnseann	14	An t-Uinnseann	38
An t-luchar	Darach	16	An Darach	40
An Lùnastal	Calltann	18	An Calltann	42
An t-Sultain	Craobh Ubhail	20	A' Craobh Ubhail	44
An Dàmhair	Feàrna	22	Am Feàrna	46
An t-Samhain	Droman	24	An Droman	48
An Dùblachd		26	An Giuthas	50
			An Cuileann	52

*Thig a dh'èisteachd rí mo  
sheann òrain. Sgeulachd a  
mhaireas fad na h-oidhche.  
Thig a sheasamh fom sgàile  
ghorm agus gabh iongantas  
às na chunnaic mi agus na  
tha fhathast rí tachairt!*

**B**HO CHIONN FHAD' AN T-SAOGHAIL – fad romhadsa, fada ro mo Shinn-Shinn-Sheanmhair - bha craobh òg lubhair ann. Chunnaic i na ráithean a' dol seachad bho chnoc an t-sìthein air an robh i a' seasamh ann am Fartairchill, bliadhna às dèidh bliadhna, linn às dèidh linn, beag air bheag, chuir i sìos a freumhan le a mullach ag èirigh chun nan speuran.

Chaidh ùine seachad agus nuair a bha am foghar ann, thug an t-lubhar mothachadh dha na craobhan eile a bha air fàs suas timcheall oirre gun robh iad sgeadaichte ann an cleòcannan àlainn fighte de snàithlean òir is sgàrlaid; cho dearg ri ful. Thigeadh beathaichean na coille a chruinneachadh fo mheanglanan grinne nan craobhan, ach cha tigeadh iad chun an lubhair. Bha na duilleagan dorcha cèireach aige car doilleir agus bha feagal air na beathaichean is eòin ro phuinnsean marbhatach an



# An Fhaoilieach

lubhair. "Nam biodh an cleòc orm na bu bhreagha, 's doch a nach bithinn buileach cho aonaranach?" smaoinich an t-lubhar.

Bha sìthichean na coille a' cur truas air an lubhar agus chuir iad romhpa a chur ann an sunnd i. An ath latha, nuair a dhùisg a' Ghrian i, sheall i ri a duilleagan agus chunnaic i gun robh na duilleagan snàthadach air falbh le duilleagan mine òir ann nan àite.

Rinn a' chraobh dannsa gàirdeachais a' crathadh nam meanglanan le toileachas, a' coimhead a chleòc' ùir is e cho gleansach ann an solas na gràine.

Agus ghabh e òran na ghuth grinn domhainn:

*Thigibh eunaibh  
Na coille domhainn,  
Suidhibh nam gheugan  
Dèanaibh cadal gu  
sàbhalte*

Chuala eòin na coille òran an lubhair agus thàinig iad a shuidhe na geugan agus abair gun do chord seo rithe.

Ach aon oidhche thàinig gèile mòr, le gaoth an Iar-Thuath a' cur car is othail timcheall na craobh agus dh'fhalbh i leis a' chleòca òir, ga thoirt air falbh a Thir na Deighe 's an t-Sneachda.

Nuair a chunnaic na sìthichean na thachair, thug iad cleòc ùr dhan lubhar;

cleòc de chriostalan fior-ghlan a bha a' dannsadh agus a' deàrrsadh ann an grian a' gheamhraidh. Thug a' chraobh sùil timcheall oirre fhèin, a' faicinn bòidhchead a' chleòca ùir agus thòisich i a'seinn às ùr:

*Thigibh gach beatach  
Sa choille dhomhainn  
Suidhibh fom gheugan  
Dèanaibh cadal gu sàbhalte*

Agus thional beathaichean na coille aosmhòr domhainn fo a geugan leathann, a' gabhail ionantas às a' chleòc ùr dhealrach, a' toirt mòr-thoileachas don lubhar. Ach an ath latha, dh'èirich a' ghrian gu àrd nan speuran a leaghadh an cleòc ùr agus, beag air bheag, dh'fhalbh na beathaichean.

Chaidh ùine seachad, agus aon mhadainn earraich dhùisg an t-lubhar le clisg nuair a chunnaic i na geugan aige làn duilleagan mòra, ùra uaine. Cha robh na sìthichean idir air diochuimhnicheadh mu dheidhinn!

Sheinn an t-lubhar a-rithist aig àrd a' chinn:

*Thigibh gach snàgaire  
Na coille domhainn  
Sreapaibh suas mo stoc  
Dèanaibh cadal ga  
sàbhalte.*



Agus chuala treubh de sheanganan an t-òran seo agus shreap iad suas stoc an lubhair, a' diogladh na craobh leis na casan beaga biòdach aca agus fhuair an t-lubhar toileachadh mòr às seo. Ach cho luath 's a chunnaic na seanganan na duilleagan mòra uaine thòisich iad ri creimeadh agus 's ann a dh'fhalbh iad leis a' chleoc uaine ùr.

Rinn an t-lubhar osna mhòr fhada agus às an osna sin thàinig fuaim an-àirde bho fhreumhan aosmhòr na craobh:

*Èeeeeee Ooooooo!*

A' seinn air mar a bha, mar a tha is mar a bhitheas gu bràth, sgeadaichte ann an cleòc air fhigheadh le duilleagan gorm' an fheòir. Agus, bha e sìthichte.

Ach bha aon phreasant eile aig na sìtheachean airson na craobh glice seo. A h-uile foghar tha dearcan dearg a sunndach, mar chopannan beaga shìthichean, a' tarraig eun air iteig agus nan òran breagha aca gu geugan an lubhair. Ach thoiribh an aire do na duilleagan dorcha puinnseanta agus na measan millis, oir tha an t-siol sna copanan beaga seo cho puinnseanta ri ubhal na caillich ann an Snow White!

# CAORANN

IS SEO MO SGEULACHD-SA agus nì mi töiseachadh, nì mi töiseachadh. Bha smèòrach bheag bhreagha ann, le mionach làn dearan a' chaorainn, agus sgèith i a-null gu creag far an do shuidhe i sìos; a' seinn le taing ga toirt don chraoibh a bha cho fialaidd dhith le biadh. Dh'fhàg i air a' chreig sin preusant de shil bheaga luachmhor air muin na creige fuar. Dh'fhàs silean den t-sìl ann am sgoltadh beaga mònach sa chreig. Thàinig fàs air na freumhan agus fa dheireadh chaidh iad timcheall na creige gu lèir a' lorg a' mhathais a dh'fheumadh e chum fàis.

Beag air bheag, shoirbhich leis a' Chaorann ann an àite far am faigheadh craobhan eile bàs, a' greimeachadh gu daingeann ri creagan na beinne rè stoirmean fiadhaich a' gheamhraidh. Mhair i tro na h-oidhcheannan as fhuaire, na gaothan as treasa, agus tro an deigh is an t-sneachd a sgaoil Cailleach a' Gheamhraidh is i a' siubhal na dùthcha.

Ach fo fhreumhan a' Chaorainn bha rùn-diomhair ann, fear a bha cho luachmhor is gun tug i dòn air rè gheamhraidhean fada cruaidh na Cailliche. B' e Dràgon a bh' ann, a' feitheamh na lùib - a' feitheamh gus an tigeadh a' Ghrian ga dhùsgadh le saigheadan lasrach solais.

Mara fhuaire a' ghrian barrachd neart is i ag èirigh sna speuran, rinn an Caorann



# An Gearran



gairm socair air an dragon fon talamh,  
"Dùisg fo chadal a' gheamhraidh agus  
le deò lasrach – èirich!"

Beag air bheag shin an dràgon, agus  
dh'fhosgail e a bheul a' leigeil deò  
lasrach ma sgaoil a' blàthachadh na  
Talmhainn; a' leaghadh an fhuachd,  
sneachd is dèighe agus a' dùsgadh  
sìl agus lusan bho chadal fada a'  
gheamhraidh. Ghoir na h-eòin le  
sunnd, le blathan-sneachd is fuathan-  
madaidh a' togail an ceann beaga a'  
coimhead air na h-uain air ur-bhreith  
a'sùghadh air bainne blàth am màthair.  
Bha beatha ùr a' tighinn beò.

Agus, mean air mhean, chaill  
Cailleach a' Gheamhraidh a greim,  
agus dh'halbh i gu Tobar na h-Òige  
ach am faigheadh i neart a bharrachd a  
choiseachd na dùthcha às ùr a-rithist.

Bha Bean na Beinne, an Caorann, air  
a dòigh. Chuir i uimpe fèin flùraichean  
àlainn cùbhraidh agus duilleagan mar  
itean nan iseanan a bha goireadh sna  
geugan, a' gairm air an earrach. Agus  
air dha Meadhan an t-Samhraidh  
nochdadh dheigheadh na sìthichean, a  
bha a' fuireach sna toman mun cuairt  
oirre, a dhannsa; a' seinn is a' cluich  
ceòl binn fo gheugan na craobhie mas  
do nochd a' Ghrian.

Thàinig fàs air dearcan breagha a'  
chaorainn, a' dol dearg is abaich; gach  
aon aca le roinneag bheag orra. B' e  
àm an fhoghair a bh' ann, tràth-buana,  
agus shèid an dragon leis an uiread de  
neart is gun tainig crùn dearg is òir air.  
Sgaoil na h-eòin-seinn sìl a' chaorainn  
fad is farsaing, agus beag air bheag,  
dh'halbh na duilleagan beaga, iteach,  
lasrach; a' cur cuibhreag dhearg is òir  
air muin an dràgoine a bha na chadal  
shìos air an talamh. Agus ghabh i òran  
dha gach nì a bha chluinneadh i:

*Bí sàmhach a chalmain  
Bí sàmhach a charaoinn  
Bí sàmhach smeòrach an  
t-sneachda  
Iseín bhig bhòidhich  
Dùin do sgiathan  
Is theirig dha do nead.  
Bí dealrach mar dhearcan  
Air a' chraoibh cho soilleir.*



*Thàinig na h-eòin  
Às na glinn  
Às na beanntan.  
O horò hì-hì-rí-rí  
Dèanaibh cadal ga  
sàmhach*

Agus, nuair a chunnaic mac an  
duine a' chraobh bheag dhàna seo;  
agus mar a dh'fhualaing i rè fuachd  
cruaidh a' gheamhraidh, 's ann a chuir  
iad romhpa a cur ri taobh nan taighean  
aca airson dion a thoirt dhaibh. Bhiodh  
daoine a bha a' falbh astaran mòra a'  
toirt leotha slatan bheag, le snàithlean

dearg timcheall oirre, gus na bana-  
bhuidsichean is droch spioradan a  
chumail air falbh bhupa. Bhithte  
cuideachd a' gabhail sgeulachdan  
is òran fon mheanglan meadhan  
an t-samhraidh leis na h-iseanan  
bòidheach a' seinn sna geugan.

Mar sin, ma lorgas tu thu fèin a'  
coiseachd a-muigh madainn fhuar sa  
Ghearran, cùm sùil air a' ghrèin is i ag  
èirigh agus a' blàthachadh na cruinne,  
agus chì thu an uair sin an Dràgon  
ag èirigh mar an ceudna agus bidh  
thu eòlach an uair sin air tiodhlac  
sònraichte na Craoibh-caorainn.

# SEIL EACH

**B**HA SIUD ANN ROIMHE SEANN CHRAOBH-SHEILICH a' seasamh an cois uillt. Bha i air a bhith ann fad bhliadhna nach mòra, an stoc carraigeach ag èirigh suas às bruthach de bhoglach, geugan ag aomadh sìos dha na h-uisgeachan fuara mònach. Ann an solas na gealaich, 's dochu gun shaoileadh tu gur e cailleach na cearc a bh' ann a' cromadh sìos a dh'fhaighinn bùrn is gathan-gealaich airson sùghan is leigheasan le tide-mhara an earraich.

B' e an-diugh cò-fhad-thràth an earraich agus bha an t-seann chraobh a' cuimhneachadh a peathraichean a bha uaireigin a' seasamh ri a taobh, a' cagair is a' figheadh òran le ceòl binn an uillt. Bha iadsan air falbh agus cha robh air fhàgail ach i fhèin. Cha tigeadh daoine tuilleadh a ghearradh a meanglanan sùbailte is iad a' suidhe a' figheadh bhasgaidean breagha airson reic aig margaidh. Ghabh i osna bhrònach agus laighe an ceò timcheall oirre agus ghairm eòin na h-oidhche air a ghealaich is i ag èirigh.

Air a' chnoc, bha croit. Dhùisg caileag òg, tharraing i plaide ma gualainn agus choisich i gu sàmhach a-mach chun na h-oidhche. Fhad 's a bha i a' seasamh an sin ann an solas na gealaich, dè chunnaic i ach boillsgeadh geal a' leum sìos an staran òir – maigheach bhàn – leis na casan aice ga leantainn.





Lean an staran sìos chun an uillt far an robh an t-seòbhrag is am muisean nan cadal sna bruthaichean còinnich. Leis an ceò a' cur car ma casan, shaoil leatha gun do chual' i guth a' cagair òran ann an àile na h-oidhche agus mar as fhaisge a theann i air na h-uisgeachan 's ann na bu treasa a dh'fhàs an seinn:

*a Mhaigheach, a Ghealach  
a Sheilich is Uisge  
Dèanaibh draoidheachd  
Thoiribh air ais an Solas.*

Agus siud a' Mhaigheach na seasamh ann an freumhan an t-seann Sheilich, cluasan is sròn a' dol; a' mothachadh gluasad agus fàileadh na caileige. An dèidh dhith deoch a ghabhail às an allt, leum i thar nan clachan is an fhraoich fo chleoc dorcha na h-oidhche.

Bha an cadal a' laighe air sùilean na caileige, agus thuit i na cadal ann an

gàirdeanan an t-Seilich. Na bruadar, chunnaic i cailleach air an robh aghaibh cho cruinn ris a' ghealach fhèin agus chuala i guth cho soilleir ri uisge fior-ghlan:

*Cuimhnich an oïdhche seo  
Is na tiodhlacan agam*

Dhùisg a' chaileag le blàths grèin an earraich ach cha b' ann ann an gàirdeanan an t-seann Sheilich a bha i. A' greimeachadh air a' bhruadar, is e a' fas fann, ruith i a-mach dhan mhadainn ùir sìos chun an uillt thall 's a-bhos a' lorg na Maighich draoidheil.

Agus an sin, fo mheanglan na craoibh, chunnaic i ann an talamh bog na maidne lorgan beaga nam spògan agus thug i geall an là sin gun cumadh i cùram ris an t-seann chraoibh.

Thàinig is dh'halbh na bliadhnaagan agus aon fheasgar earraich sheas seann bhoireannach an-àirde a' sìneadh às dèidh a bhith ag obair. Sheall i sìos air an t-Seileach aosmhor a bha air a bhith a' cumail gheugan subailte rithe fad bhliadhnaagan airson bhasgaidean is chliabh, leis an rùsg aice a' dèanamh leigheas air a' phian na cnàmhain. Timcheall air bun na craoibh bha a h-àl a' dannsadh ri tàladh sèimh na tè aosta. Agus chunnaic an seann bhoireannach boillsgeadh geal a' leum is a' bocadaich thar an uillt, agus rinn i

gàire is i a' coimhead an seann làmhan a' dol air ais gu figheadh, a' toirt saorsa dha h-inntinn a bhith ri bruadar airson dreiseag bheag:

*Nach squir thu dhe do ghal  
Tha na h-uain bheaga nan  
cadal  
Tha na h-iseanan nan nead  
A' neadachadh còmhla.  
Aonghas nam bruadar*

*A' coiseachd gu cuagach  
Thar an fhraoich  
A' reic bhruadar  
Deagh bhruadaran ri reic  
Tha Aonghas bhos  
Le bruadaran airson reic.  
Ist a-nis a' ghraidh  
Dèan cadal gun feagal  
Tha Aonghas ann le  
bruadar dhut.*



**B**HO CHIONN FHADA AN T-SAOGHAIL, mas robh thu idir ann, mas robh mi fhìn ann, mas robh do shin-shin-sheanmhair ann, bha taobh tuath an t-saoghal air a chòmhachadh le deigh. B' e àm dorch a bh' ann. Cha robh craobhan ann. Cha robh eòin-seinn ann. Cha robh ann ach a' ghaoth fhuar, a' sèideadh fad a' gheamhraidh air nach tigeadh deireadh.

Ach an uair sin dhùisg a' Ghrian bho cadal fada. Shoillsich i a solas le làn a neart agus thàinig crìonadh air an deigh agus air gaoth an taobh tuath, agus beag air bheag b' urrainn dha an Talamh sineadh agus anail a tharraing. Thàinig gaoth bho dheas le sìl a chaidh a laigh san ùir bhlàth. Dh'fhàs a' Chruinne na bu ghuirme agus dh'fàs i a chum an t-solais agus thug còinneach dachaigh dha shiòl craobh a mhaireadh rè nan greamhraidhean bu chruaidh agus a b' fhaide. B' ainm dhi a' Bheith Dhubhach.

Bha i na seasamh an sin san deigh le sneachd ma casan; a stoc tana, geal a' lùbadh leis a' ghaoith. Ach aon là, thàinig atharrachadh air seo, oir le gormachadh agus fàs is blàthachadh 's an sruthadh thàinig beathaichean 's eòin is iad a' gluasad gu tuath. Gan leantainn bha mac an duine – sealgairean, luchd-cruinneachaidh.



# An Giblean



Thug a' bheithe dhaibh connadh airson teinteán gus blàths is sàbhailteachd a bhith aca air na h-oidhcheannan as duirche.

Bha am madadh-allaidh agus an lioncs a' siubhal nan coilltean a' lorg fasgadh, le fèidh Lochlannach a' cladhach ann an doimhneachd an t-sneachd a' lorg còinneach mar bhiadh dhaibh; leis a' mhathan na cadal na uaimh a' cur seachad a' gheamhraidh le cadal is bruadar.

Chaidh ùine mhòr seachad. Dh'fhalbh na sealgairean - am madadh-allaidh, am mathan is lioncs - nas fhaide gu tuath a' leantainn na deighe agus an t-sneachd, rinn am fiadh Lochlannach an aon rud, ach dh'fhuirich a' Bheith Dhubhach far an robh i. Thàinig blàths an earraich gu h-obann agus thàinig leaghadh air an deigh, thàinig cabadaich air na h-eòin

's na h-aibhnichean. Ò, bha i air a bhith ùine mhòr a' feitheamh ri seo. Dh'fhidir i snodhach ag èirigh bho fhreumhan suas gu ceann nan geugan boga agus sheas i an sin leis na boghan-froise a' leum thar nan speuran. Agus bha Ban-usal na Coille seo airson dannsadhbh timcheall le aoibhneas ach cha leigeadh a freumhan leatha; is iad ga cumail san talamh... gu aon là, fo mheangan, bha caileag na suidhe a' sniomh clò. Chaidh an roithleagan mun cuairt; roithleagan air a dhèanamh bhon fhiodh-bheithe as grinn. Bha Ban-usal na Coille air a' chaileag fhaicinn fichead turas roimhe a' ruith tron choille a' lorg an caorach, a' tuisleadh is a dannsadhbh. Ò, nam b' urrainn dhìse dannsadhbh mar sin.

Leig a' chaileag cudrom ris an stoc agus thuit a roithleagan chun na talmhainn agus dh'fhairich a' chaileag òg geugan boga na craobhie air a gruaidhean. Abair gun robh gaol aic air a chraoibh àlainn seo.

"Fuirich dreiseag agus dèan dannsa dhomh, chan urrainn dhòmhsa oir is e craobh mi," thuirt an Seileach macanta le cagair, agus chuala i am bròn sa ghuth airgideach sin agus leum i suas, agus rug i air na geugan agus thòisich i ri dannsadhbh. Chaidh i mun cuairt is mun cuairt agus chùm a' chraobh greim teann air làmhan na caileige agus cha leigeadh i leatha stad.

Fa dheireadh, dh'èigh a' chaileag, "Ò a Sheilich, leig às mi, tha mo chasan gort, chan urrainn dhomh dannsadhbh tuilleadh!" Agus thog an Seileach i agus thug e leabaidh dhith dha mheangan mionaid bheag agus leig e sios i aig leabaidh chòinnich air talamh.

"Tapadh leat," thuirt e le torran, "agus gheibh thu duais air do dhannsadhbh." Sheall a' chaileag sìos agus chunnaic i gun robh a cloimh air a sniomh agus

gun robh a pocaidean làn duilleagan beithe!

Shaoil i gur e preusant àraid a bha seo, is i a' ruith tron choille. Ach rinn Bean na Coille gàire nuair a stad a' chaileag a thogail nan duilleagan airgid suas ri solas na gréine.

Agus shìn an Seileach Dhubhach a-mach a làmhan agus chuir i car is ruidhle leis a' ghaoithe. Feuch is cùm sùil oirre – tha i ris an aon rud fhathast!



# SGITHEACH



*Tha a' ghrian ag èirigh  
Is a' dol fodha.  
Tha a' Chruinne a' cur car  
mun cuairt is mun cuairt...*

**S**IUD MAR A BHA. Bha cuibhle nan ràithean air a dhol bho dhorchas gu soilleir, bho fhuachd gu blàths. B' e madainn bhreagha Cèitein a bh' ann agus bha na h-iseanan a' ceilearach gu binn is a' ghrian ag èirigh bho cadal goirid.

Chaidh i thar nam beann ... suas ... suas gu, le làn a neart, dhùisg gathan na Grèine a h-uile biast a dhèanamh coiseachd, snàgadh, itealalaich no snàmh.

Sheas a' mhaigheach ann am meadhan na cluaine am measg nam mùisean a' blàthachadh a cùil leis an fheur a' fàs ri fuaim sunndach nan seillean-mil - bha fàs a' tighinn air na flùraichean, mu dheireadh thall - is bha na craobhan a' cur a-mach ghasan ùra uaine agus blàthan cùbhraidi. Fàlidhean is geusagan milis airson an saoghal a dhèanamh sunndach; a' dannsadhar air sgiathan nan dealan-dè agus an lòn dubh a' glacadh ciad bhoiteag na maidne is e a' dèanamh gàirdeachas aig mullach Craobh Sgitheach.



Agus bha a' Chraobh Sgitheach, no an t-Uath mar a chanadh cuid rithe, ann an sunnd. Bha i air fulang tron gheamhraidh chruaidh seo mar a dh'fhuilaing gach beathach a rinn dachaigh innse. Rinn i crathadh air na geugan aice agus sheall i a-steach dhan uisce ùr shoilleir fodha. Mo chreach! Chitheadh i a geugan dorcha driseach uaine is soilleir. Agus mar as fhaide a sheall i 's ann as mothach a chunnaic i na gucagan a' fosgladh le toiseach an t-samhraidh. Bha i air a bhith cho fada a' feitheamh agus gur i a bhiodh Banrigh a' Chèitein a chìtheadh gach neach. Thàinig a' chuthag an toiseach agus an uair sin an lon dubh airson neadachadh na brat geal sneachdach, agus an uair sin maigheach a dh'òl bùrn às an fhuaran agus leig i anail an sin ag aisling air feur àrd sùghmhor far an dèanamh e nead is leabaidh fad an t-samhraidh.

Cha b' iad na h-eòin a-mhàin a dhùisg. Bha am baile trang le daoine a' dèanamh deiseil 'son falbh chun na h-àiridh. Bha cuidhleachan-snìomha, cuinneagan, beairt, daoine òga is sean, crodh is crodh-laoigh uile a' falbh suas chun nam beann. Ach dh'fheumadh là na h-imrich a bhith ann an toiseachd! Clann-nighean a' ruith timcheall le casan-ruisgte, a' dol tarsainn na drochaid agus a-steach dha na cluaintean. Ghairm Craobh a'

# An Cèitean

Chèitein orra a' crathadh a gheugan gu socair; a' cur fàileadh a flùraichean ma sgoil. Agus, ruith na caileagan thuice, a' seinn rithe, agus rinn iad suidhe fo ghàirdeanan fàilteachail, ag òl bùrn às an fhuaran, a' fuarachadh nan gruaidean agus nam beul tioram.

An uair sin, reub gach tè aca stiall bho na sgiortaithean aca agus, gan ceangal ris a' chraobh sheunta, rinn iad guidhe:

*A Chraobh a' Chèitein, a  
Chraobh nan Sith,  
Cò am fear a phòsas mi?  
Falt dubh dorcha, no ruadh  
mar sionnach  
Chì mi a-nochd e nam  
chadal suaineach*

Chaidh basgaidean a lionadh le flùraichean aislingeach, cùbhraidi bho mheuran an sgithich a' dèanamh chrùn dhaibh airson na maidne samhraidi. Agus chuir na caileagan flùraichean, blàthan, pògan sona agus òrain shuigeartach dha na chearcaill sheilich aca. Bho àm gu àm thuiteadh mirean de fhlùraichean beaga geala air am falt. Bha Craobh a' Chèitein gam beannachadh le fàlidhean agus gaol an t-samhraidi, agus bha iad a' fàs coltach ris na sithichean fhèin a bha a' gabhail còmhnaidh san tom fon chraoibh.

Gu h-obann, chualas fuaim bho chòrn a' chruidh ag innse dha na caileagan gun robh na teaghlaichean a' falbh chum na h-airigh le crodh is caoraich. Chuireadh thuige dà theine agus chaithd an crodh a chur eatorra tron cheò ach an deigheadh am beannachadh mas do leum na fir òga thar theintean Là Buidhe Bealltainn. Dh'èirich a' Ghrian gu àrd na h-iarmailt leis a h-uile duine gu h-íosal a' dannsadh ri buille an drumair agus ri ceòl na pìoba agus ri puirt nan lòn dubh, nan smeòrach agus nan cuthag, agus chaithd clearcall nan dannsairean timcheall mar is gnàth dhan ghrèin mhòir fhèin!

Dìreach mas deach a' ghrian fodha air cùl nam beanntan, ruith caileag òg chun na Craibh Sgitich. "Cha do dhìochuimhnich mi do choibhneas, thuirt i le cagair is i a' cur a' chrùin a bha ma ceann na chrochadh air a' chraoibh. An uair sin, a' dòrtadh bainne ùr a sloc beag ann an clach fon chraoibh, dh'fhalbh i' a' bocadaich agus a' dannsadh tarsainn an achaidh a' beachdachadh air na bhiodh na bruadar an oidhche sin.

An oidhche sin, nuair a bha na h-eòin air a dhol innte, an ceann fo sgèith agus na geàrran a' leum is a' dannsadh nan aislingean fhèin, dè bha ri fhaicinn ann an solas soilleir na gealaich? An iad na sithichean a bh' ann? A' seinn agus ag

òl bhon bhobhla chloiche? 'S ann aig an Sgitheach a-mhàin a tha fios, theirig a laighe ri taobh air là breagha samhraidi feuch dè a bheir i dhut mar bhruadar.

*Dèan cadal a thasgaidh  
Rí srann nan seillean-mil  
Seo Evail bho chlach a'  
bhruthaich a' tighinn  
A phasgadh an saoghal  
Ullean Vano leanabh m' àigh  
Mo ghaol, a chuspair mo  
ghaoil.  
Síud greollan rí tàladh ri  
taobh an teine.  
Tha am feasgar a' ciaradh*

*Agus tha adhaircean an fhìr  
uaine*

*Le clearcaill lasrach  
timcheall.*

*Síud i a' seòladh a' bhàta gu  
madainn*

*Tímcheall a' bhoglaich  
dhoilleir*

*Síud Luan, a' ghealach bhan  
Air ar copan a lionadh le  
driùichd*

*A' gal rí fuaim nan òran  
binn.*

*'S ann dhutsa, a ghràidh, a  
ní mi seinn.*




# UINNSEANN

**B**HO CHIONN FHADAANT-SAOGHAIL cha robh càil ann. Cha robh Cruinne-Cè ann, cha robh Gealach ann, no Grian, no Reultan, no Solas, Gaoth no Uisge. Agus le seo, cha robh Craobhan ann, no Flùraichean a' fàs. Cha robh Dealanan-dè air iteig. Cha robh Thusa ann. Cha robh Mise ann.

An uair sin, beag air bheag, thòisich solas agus fuaim ri figheadh agus chruthachadh a' Mhàthair (Cruinne-Cè) agus an t-Athair (a' Ghrian) às an òran bhreagha seo, agus chuir iad làmhan timcheall a chèile. Dhùisg a' Ghrian, a' Ghealach agus na Reultan agus thàinig oidhche is latha gu bith. Bha an domhan a' tighinn beò.

An uair sin, bho chionn fhada, thuit sìol bho Athair a' Ghrian sios a-steach a mhionnach Mathair a' Chruinne-Cè agus rinn e cadal an sin fad ùine fhada san dorchadas agus blàths; ag aisling air na bhiodh e.

Agus thàinig an t-àm agus rinn e sìneadh agus dh'fhàs e chum an t-solais, a' stobadh a fhreumhan mòra sios dhan Talamh fo chluaintean agus bheanntan. Dh'fhàs stoc na ciad chraoibh cho àrd is gun robh e a' bualachd air na speuran, a mheanglanan agus mheuran a' còmhdaichadh na Cruinne-Cè is a' dion gach nì a bha fodha. Ghairm Athair a' Ghrian oirre:



# An t-Ògmhios

*A Chraobh bheatha is  
Chraobh Sholais  
Dion a' Chruinne-Cè  
Le gach neart a th' annad  
Gach nì air iteig  
Gach nì a tha a' snàmh  
Gach nì a tha a' coiseachd  
Gach nì a tha a' snàgadh  
Gach nì a tha a' sruthadh  
Gach nì a tha a' fàs  
Gach nì mòr  
Gach nì beag.*

B' ainm dhith Yggdrasil, Uinnseann, a' Chraobh Bheatha a thàinig gu bith. Nam biodh sùilean air a bhith ann bhithte air fiadh fhaicinn ag ionaltradh air na duilleagan, le aibhnichean an t-saoghal a' sruthadh às na cròcan aige. Nam biodh cluasan air a bhith ann bhiodh iad air cluinniann iolaire mhòr na nead air na geusan as àirde a' seinn mu na



bha, na tha, agus a bhitheas. Bhiodh iad cuideachd mothachadh feòrag bheag ruadh a' ruith suas agus sìos an stoc le teachdaireachdan bhon lolaire sìos chun an Dràgoين gu h-ìosal a bha a' cagnadh air freumhan na craoibh ri taobh seann tobach.

Thurchair aon là gun do chuir teachdaireachd na feòraig fearg air an lolaire, is i cho fiadhaich is gun do bhuail i a sgiathan leis an uiread de dh'fhearg is gun do sgap i sìol na craoibhe gu taobh Tuath, Deas, Ear agus Iar na Cruinne-Cè. Dh'fhàs an sìol seo, le gaol Athar a' Ghrian, gu bhith gach nì a dhèanamh coiseachd, itealaich agus snàgadh - agus mi fhìn is tu fèin!

Ma thachras tua ri Craobh Uinnsinn cuimhnich air an sgeulachd aice is tu a' seasamh fo meanglanan. Fan mionaid le do shùilean dùinte a' smaoineachadh air turas sìos na freumhan aice agus suidh ri taobh na tobach. 'S dòcha gum faic thu an sin triùir chailleachan aosmhor, na Mnathan-Lochlannach, a' sniomh shnàithleanan mu dhàn mhic an duine agus a' coimhead ri gach là ùr a' tighinn beò, a' dòrtadh bùrn bhon tobar thar na Craoibhe Beatha. Oir, as eugmhais iadsan a' gràdhachadh agus a' dion na Craoibh Beatha 's dòcha gun seargadh i agus gum faigheadh i bàs - gun ionnsach sinn bhupa agus gun gabh sinn copan coibhneis dhaibh is a' cumail cùram dhan Uinnseann.



# DARACH

**B**HO CHIONN FHADA bha cnò-daraich ann, a' chnò-daraich as lugh a bh' ann a-riamh. Bha i an sin a' crochadh air geug craobh mhòir dharaich, na cleith am measg nan duilleagan gorma.

Aon oidhche dh'fhàs na speuran dorch. Rinn an tàirneanaich beucadh is raoiceadh mar druma mhòr thar nam beann agus bhual dealanaich gobhlach air a' chraoibh mhòir. Rinn i critheadh is crathadh bho freumhan domhainn gu ceann nan geugan ach dh'fhuirich a' chnò bheag far an robh i. Shèid a' ghaoth agus chrath i na geugan agus fa dheireadh cha b' urrainn don chnò grèim a chumail tuilleadh agus thuit i chun na talmhainn le 'plub'.

Laigh i an sin maille ri peathraighean is bràithrean agus smaoinich a' chnò-daraich dè dhèanadh i. "Fuirich, bidh foighidneach," thuirt an Seann Darach seòlta, "agus chì thu na chì thu."

Agus dh'fhuirich a' chnò bheag mar a dh'iarradh oirre, a' coimhead feuch de thachradh.

Aon latha chunnaic i muc le earball lùbach a' rùrachadh na talmhainn le sròn bhog phinc, is i ag ithe nan cnòthan gu lèir. Ach, leis a' mhuc a' teannadh dlùth oirre fhairich i na ciabhagan air a slige, dh'fhalbh a' mhuc sìos an cnoc le gnòmhail agus le sgiamh.



# An t-Luchar



Agus dh'fhuirich a' chnò-daraich bheag, agus chùm i faire. Chunnaic i dithis chloinne le basgaidean seilich, gan lìonadh le copanan daraich sìthe. Rinn iad dannsa agus cluich timcheall na craobhie. Bha a' chnò-daraich a' guidhe gun togadh iad agus gun toireadh iad air falbh i, ach nuair a chaidh a' ghrian fodha dh'halbh a' chlann dhachaigh ga fàgail na h-aonar

"Dè a-nise?" fhaighnich i le cais.

"Fuirich is coimhead agus chì thu na chì thu!" thuirt an Seanair Daraich.

Agus dh'fhuirich i agus chùm i faire le duilleagan an t-Seanar Dhàraich mun cuairt oirre.

Chunnaic i trì feòragan ruadha a' bocadaich timcheall. Nuair a ràinig iad an Seann Darach ruith iad sìos an stoc, a' tional agus a' cleith chnòthan airson a' gheamhraidh is iad a' cagnadh air tè nan làmhain.

Agus chùm a' chnò-daraich faire agus dh'fhàn i mar a chaidh iarraidh oirre agus dhùisg an geomhradh agus thuit an sneachd. Chruinnich na starragan ann am geusan an Daraich; ga cumail na dùisg fad làithean goirid a' gheamhraidh len gàgail is gogadaich, ach fhaur i fois tro na h-oidhcheannan fada fuara agus i na cadal fo na duilleagan blàtha agus fo phlaide an t-sneachda.

Chuir gathan meata Grèin' an Earrach diogaitl oirre is i a' cur a freumhan sìos dhan talamh. Agus dh'fhuirich i an sin a' coimhead leis na ràithean a' dol seachad agus a' Chruinne-Cè a' cur car agus dhòirt an t-uisce, leis a' ghrèin a' deàrrsad agus a' ghaoth a' sèideadh agus a' feadalaich mun cuairt.

Ach aon là grianach samhraidh thuirt an Darach, "Seall, a chnò bheag na tha air tachairt riut." Agus sheall i a-bhàn chun na h-aibhne agus chunnaic i darach mòr la cnòthan-daraich air a mheanglanan agus rinn i cagair, "Am mi a th' ann?"

"Is tusa a th' ann," thuirt a' ghaoth, "tha thu na do chraobh mhòir thapaidh!"

Chunnaic i a gàirdeanan a' sìneadh a-mach gu àrd nan speuran agus a' toirt fasgadh don talamh foidhpe. Dh'fhairich i eòin a' bocadaich agus a' neadachadh innte, a' seinn an òran

breagha aig àm dol fodha agus èirigh na grèine. Agus chuala i na cailleachanoidhche a' gairm air a chèile leis a' Ghealaich a' sniomh shnàithlean òir ma timcheall agus bha i toilichte gun robh i air èisteachd ris an t-Seanair ghlic agus gun robh i air feitheamh agus coimhead oir chitheadh i a-nise na bha roimhpe.

Fasgadh is feisd  
Craobh mhath  
chruinneachaидh  
A' beannachadh neart agus  
beatha fhada  
Dhutsa agus dhomh fhìn.



# CALLTAINN

D'HFHÀS DÙN CALLTAINN, Challainn, tiugh le craobhan calltainn; leis a' mhadadh-allaidh, a' mhathan, an torc agus an lionsc fhastast a' siubhal na tire seo. Bha gaisgeach treun ann a bha na shealgair agus bhàrd ris an canar Fionn Mac Cumhail.

Bha Fionn agus a bhuidheann bheag, na Fianna, a' cumail luchd-ionnsaidh air falbh bho Alba agus bhiodh iad a' sabaid an-aghaidh bhiastan mòra os-nàdarra.

Dèan fhèin comhfhurtail timcheall an teine agus èist ri seanchas air Mac a' Challtainn agus mar a fhuair e a ghliocas.

Aon là ann an làithean nam boireannach a bh' ann bho shean, rugadh leanabh gille agus thugadh Fionn mar ainm dha. Chaidh athair, ceann-cinnidh uasal, a mharbhadh agus bha feagal aig a mhàthair gun tachradh an aon rud ri a mac. Chaidh am balachan a phasgadh ann am bòein bhoga fèidh agus a chuir am falach ann an cliabh bradain air druim boireannaich air an robh Strider. Agus a-steach dhan choille dhomhainn aosmhòr a chaidh i agus chaidh i am falach ann agus chùm a' chailleach dìon agus cùram ri Fionn mar gur e am mac aice fhèin a bh' ann.



Rinneadh bothag bheag sa choille le slatan calltainn air an figheadh is air an còmhachadh le bòein fhiadh, agus 's ann an sin a dh'fhàs Fionn gu bhith na bhalach làdir, ag ionnsachadh nòsan na coille a chum a bhith beò innte. Dhèanadh e snàmh, leum, is ruitheadh e na bu luaithe na balach sam bith eile na aois. Fhuair e deagh oideachadh a thaobh lorg is sealg bheathaichean fiadhaich nam beann agus eun nan speuran.

Bha Fionn a-muigh a' sealg aon là nuair a ràinig e lòn àlainn ciùin le naoi craobhan calltainn timcheall air. Bhathas ag ràdh gun robh gliocas mòr ann an cnòthan nan craobhan seo. Shuidh Fionn air a' bhruthach chòinnteach a' cur a chasan a-steach a bhùrn fhuar an loin nuair a chunnaic e aonaran aosta na shuidhe air a' bhruthach ma choinneamh, ag iasgach.

"Cò thusa?" dh'fhaighnich Finnegas. "Is mise Fionn, Mac Cumhail." "Uill a bhalaich, chì mi gur treun thu agus tha coltas gur e ceannard dha-rìribh a bhios annad aon là. Ach dè an t-eolàs a th' agad mu na sgeulachdan, air bàrdachd is air òrain? Ma tha thu ag iarraidh bheirinn teagastg dhut. Ach dh'fheumadh tu tuarastal a choisinn le a bhith a' sguabadh, a' glanadh agus còcaireachd dhomh. Dè do bheachd?"

# An Lùnastal



Cha leigeadh Fionn leas ùine 'son smaoineachadh. "Cuin a b' urrainn dhuinn töiseachadh?" dh'èigh e agus 's ann mar sin a thòisich an t-ionnsachadh aige.

Thàinig ràithean agus bliadhna chan agus dh'fhalbh iad, agus aon là foghair leis na duilleagan a' fleòdradh mar shaigheadan òir loisgeach air an lòn chiùin, thill am bradan gu àite-breith, Lòn nan Naoi Calltainn, a dhèanamh



cladhadh. Agus leis na cnòthan calltainn a' tuiteam dhan bhùrn mhònach, bha gach bradan – is iad acrach an dèidh dhaibh snàmh suas an abhainn – ag ithe aon chnò bheag làn gliocais.

Bha Finnegas ri iasgach, mar bu ghnàth dha, ach bha aire an là seo air glacadh bradan seunta ris an canar Bradan an Eòlais. Bhithte ag ràdh gum faigheadh duine sam bith a dh'itheadh am bradan seo cumhachdan draoidheil – agus b' iad na cumhachdan seo a bha Finnegas ag iarraidh.

Bha e fad uairean a thìde na shuidhe an sin agus fhuair a duais airidh air an ùine fhada seo nuair a ghlac e bradan mòr bruideil. A' fàgail Fionn ga bhruch, dh'fhalbh e a dh'fhaighinn barrachd fiodha mar chonnadh dhan teine, a' cantainn, "Feuch nach ith thu e no bidh droch naidheachd ort..."

Rinn Fionn mar a dh'iarradh air, ach fhad 's a bha am bradan a' bruch, mhothaich e builgean ag èirigh air a' chraiceann. Gun smaoineachadh air, chuir e a chorrag dhan bhuilgean agus loisg an smùide theth a chorrag. Chuir e a chorrag na bheul agus sa bhad chitheadh e gach nì a bh' ann, a tha, agus a bhios. 'S ann mur sin a fhuair Fionn gliocas a' Challtainn agus Eòlas a' Bhradain – cha leigeadh e leas bhon sin a-mach ach corrag a chur air fiacaill

a' ghliocais agus bha an t-eòlas gu lèir aige.

Thachair e gun deach Mac a' Challtainne air tòir na buidhne fhireannach a bh' aig athair, na Fianna, agus chaidh e a dhèanamh na cheannard aca. Uair sam bith a bha e airson an sgioba a thional dhèanadh e fead air an fheadaig sheunta fhiodha 'An Gairmear Fiodha' trì turais, no bhuaileadh e òrd, 'Òrd Fianna' trì turais agus, ged a bhiodh iad fad air falbh bhuaithe anns gach ceàrnaidh dhen t-saoghal, chluinneadh iad an

gairm agus thigeadh iad le boghaichean cama agus claidheamhan deiseil. Agus aig ceann na buidhne bhiodh Fionn ann air muin eich le a chù Bran a' ruith ri a thaobh, a' togail a' Chlàidheamh Sholais, Mac an Luinn; air a cheàrdach dha làimh fhèin a-mhàin.

Uair sam bith a nì thu suidhe ri taobh Craoibh Challtainn cuimhnich air Fionn, oir tha e a-nise na chadal ann am beanntan na h-Alba, ach tha e a' feitheamh fhathast gus an tig gairm a dhùsgadh airson a dhol a dhòn a dhùthcha a-rithist.



# CRAOIBH-UBHAIL


**S**HEAS AN T-SEANN CHRAOBH-UBHAIL san ubhal-ghort agus i fad an t-samhraidh a' sìneadh a gheugan a-mach a ghlacadh uisge agus grian ach am fàsadhbh na h-ubhlan abhaich agus cruinn.

Bha am foghar a' teannadh dlùth, agus bha trì ubhlan mòra deurga is iad soilleir mar a' ghrian a' dol fodha, agus nas mothà na ubhlan sam bith eile san ubhal-ghort, a' crochadh air geug thairis air balla an ubhal-ghoirt a' feitheamh gus an falbhadh cuideigin leotha. Agus shèid a' ghaoth tro dhuilleagan na craoibh-ubhail mar gun robh i a' seinn:

*An seo san ubhal-ghort  
Tha ubhlan trì  
An neach a chuireas gu feum  
fear  
Gum faic e deagh dhuais.*

Agus aon mhadaidh thàinig Alasdair a' coiseachd sìos rathad ri taobh balla an ubhal-ghoirt. Sheall e le miann mhòr air na trì ubhlan deurga, a' guidhe is a' guidhe gum faigheadh e fear aca. An uair sin dh'èirich a' ghaoth tro dhuilleagan na craoibh-ubhail agus, le plub, thuit aon dhe na h-ubhlan seo sìos chun na talmhainn mu chasan Alasdair.

Thog e an t-ubhal agus chuir e timcheall e na làmhan. Nach cùbhraidih an fhàileadh, cho tlàth is sùghmhor. Cha robh càil a b' fheàrr le Alasdair a



dhèanamh le ubhal cho breagha abaich ach a chur na bheul.

Chuir e gu bheul e agus thug e bìdeadh mòr às, agus bìdeadh eile. Cha b' fhada gus nach robh càil air fhàgail dheth ach cuairsgean, agus shad e air falbh e. Agus le Alasdair a' dèanamh a shlighe air falbh thòisich a' ghaoth a' seinn, le mulad, na dhèidh:

*An seo san ubhal-ghort  
Tha ubhlan a dhà  
Ach air falbh tha an ulaidh  
A thuit sios dha*

Agus às dèidh greis thàinig Màiri sìos an rathad is seachad air balla an ubhal-ghoirt. Sheall i suas chun nan dà ubhail bhreagha dhearg air geug na seann craoibh agus dh'èist i ri seinn na gaoithe sna duilleagan:

*An seo san ubhal-ghort  
Tha dà ubhal bhreagha  
Ulaidhean a bhiodh iad  
Dha nighean mar thu.*

An uair sin shèid a' ghaoth le neart agus, plub, thuit ubhal chun na talmhainn mu choinneamh Màiri. Chan fhaca i riamh ubhal a bha cho mòr is dearg. Thog i e agus sheall i ris gu cùramach is len làmhan dùinte smaoinich i cho duilich 's a bhiodh e an t-ubhal ithe oir cha bhiodh e ann tuilleadh.

"Cumaidh mi an t-ubhal òir seo gu brath," thuirt Màiri, agus phàisg i ann an neapraig ghlan na pòcaid e.

Dh'fhalbh Màiri dhachaigh agus an sin chuir i an t-ubhal òir, a thugadh dhith leis an t-seann chraoibh, ann an drathair agus dhuin i an drathair gu daingeann. Bha an t-ubhal na laighe an sin san dorchadas an neapraig, fad làithean mòra, gus an deach e bhuaithe agus shad i às e. Agus an ath thuras a chaidh Màiri sios an rathad seo seachad air an ubhal-ghort sheinn a' ghaoth ann an geugan na craoibh-ubhail rithe:

*Chan eil ann ach aon ubhal  
Far am b' àbhaist bhith a  
dhà  
Thrèig thu an t-ulaidh  
A thug mi dhut fhèin.*

Mu dheireadh, dh'fhalbh lain sìos an rathad air latha breagha ann am blàths na gràine agus le oiteag gaoithe. An sin, na chrochadh thar balla an ubhail-ghort, chunnaic e aon ubhal mòr dearg; an t-ubhal bu bhoidhche a chunnaic e riamh. A' seasamh an-àirdé ga choimhead, sheinn a' ghaoth ann an geugan na craoibh-ubhail:

*Dearg is cruinn  
Air a' chraoibh-ubhail  
Ulaidh shònraichte  
A' crochadh, seall!*



Shèid a' ghaoth na bu treasa agus thuit an t-ubhal òir sìos a-steach a làmhan taingeil lain is e a' feitheamh ris.

Chùm e na ghrèin uinne gu math fada e agus sheall e air mar a sheall Alasdair agus Màiri air; a' smaoineachadh air cho blasta 's a bhiodh e, ach cho breagha 's a bhiodh e a' coimhead nan cumadh e e. Chuir e roimhe ge-tà gun a chumail is gun ithe. Thug e a-mach sgian-pòcaid agus rinn e dàrna leth air an ubhal òir, le gearradh dìreach sa mheadhan eadar am blàthan agus an gas.

Agus, ò, dè chunnaic e am broinn an ubhail! Bha reul ann, agus aig ceann gach puing bha sìl bheaga dhubha. Gu cùramach, thug e a-mach na sìl gu lèir

agus chaidh e tarsainn balla an ubhail-ghoirt leotha na làimh. Bha an talamh san ubhal-ghort bog fhathast, oir cha robh an reòthadh air tighinn fhathast. Rinn lain tuill san talamh agus chuir e aon silean dha gach toll. Chòmhdaich e iad an uair sin agus chaidh e tarsainn a' bhalla air ais, a dh'ith an ubhail is e a' falbh sìos an rathad.


Ach fhad 's a bha e a' coiseachd sìos an rathad, lean gaoth an ubhal-ghort e, a' seinn ris bho gach craobh agus preas:

*'S e siol gan cuir  
A choisinn ulaidh.  
Tha obair an ubhail  
A-nise dèanta, seachad*

**B**HO CHIONN FHAD' AN T-SAOGHAIL bha beò ann an easan agus sgoltaidhean domhainn na h-Alba daoine beaga àraig ris an canar na h-ùraisgean – cho aosta agus meallach ri freumhan, ann an èididh de chlò mìn uaine sniomhthe.

Bha na craobhan feàrna a bha a' fàs timcheall dachaigh nan Ùraisgean a' cumail fasgadh agus dòn ris na bodaich choire, ghlice seo a bha airson cuideachadh a thoirt do dhuine sam bith a bha feumach air.

Bha aon Ùraisg a' fuireach ann an allt domhainn faisg air Feàrnan. 'S e Caobarlan a bh' air. Bhiodh e daonnan ri crostachd, a' sadail cheap agus chlachan air daoine a bha a' coiseachd seachad! Bu thoil leis suidhe air creag ri taobh an uillt ag èisteachd ris na sgeulachdan aca mu na seann aimsirean. Thigidh am fitheach a dh'eisteachd, a' gròcadh 's a' ròcail bho àm gu àm leis na craobhan ag innse mar a thachair bho chionn fhada nuair a gheàrr mac an duine am fear bu shine dhiubh – am fear a b' àirde agus bu dìrliche – a chruthachadh taighean cruinne a-muigh air an loch. Agus dh'fhàs Caobarlan brònach is e a' smaoineachadh air na daoine a bhiodh a' fuireach uaireigin air an loch agus a bhiodh a' tadhail air nuair a bhiodh iad a' tional dhuilleagan, fhlùraichean agus rùsg nam Feàrna a chur dathan air a' chlò ùr aca.



# An Dàmhair



Air cnoc Fheàrnain a-nise bha croit bheag bhìodach san robh cailleach a' fuireach còmhla ri bodach leisg. Cha robh mòran airgid aca, cha robh aca ach seann bhò bhleoghainn. Bhiodh a' bhò a' cur seachad nan làithean ag ionaltradh air Cnoc Dhrumainn agus bhiodh i air ais air an tuathanas airson bleoghainn a h-uile latha. Gach oidhche, bhiodh a' chailleach a' fàgail boinneag bainne ann an clais fhiodha airson an t-seann Ùraisg ach an cumadh e dìon ri a bò gus nach tachradh càil rithe air na h-oidhcheannan fada.

Ach aon oidhche, is a' ghrian a' dol fodha air cùl cnuic, mhothaich a' chailleach nach robh a' bhò air tilleadh.

"Ò, dè nì mi!" dh'èigh i, am bodach leisg a' tuiteam na chadal aig an teine.

Cha robh càil eile ri dhèanamh ach

falbh a-mach san dorchedas a lorg a' bhò. Chaidh i suas an cnoc, ri taobh an uillt air a chuaireachadh le craobhan feàrna, a' gairm airson Eilidh a' bhò. Nuair a bha i a' teannadh air bothag Chaobarlan, thuirt i, "Mo bheannachd ort, a Chaobarlain. Mo bheannachd ort oir chan eil feagal orm romhad. Is mi a tha a' fàgail bainne dhut a h-uile oidhche."

"Dè tha gad fhàgail an seo air oidhche fhuar dhorcha?" dh'fhaighnich an t-Ùraisg

"Tha Eilidh, mo bhò, air chall, agus tha an duine agam na chadal seach a bhith a-muigh a' cuideachadh a mhnaoi."

"Ri linn do bheannachaidh, a bhean choir, cuidichidh mi thu."

Rinn e feedalaich e air feed dèanta à fiodha feàrna agus dhùisg e am Fitheach bho chadal. Agus dh'halbh am Fitheach bho àrd gheugan nan craobhan Fèàrna agus aig àrd nan speuran chunnaic e le shùil gheur a' bhò le solas gealach an abachaidd. Agus rinn e ròcail agus gairm ri Caobarlan a dh'halbh air toir na bà agus a toirt air ais chun na cailliche air a' chroit bhig aice air leathad a' chnuic, agus nuair a ràinig e an taigh shad e clach is ceap air a' bhodach leisg mas do rinn e às sios an cnoc chun na dachaigh aige.

"Tapadh leat, a Chaobarlain nam

Feàrna. Bidh cuimhne agam gu brath air do choibhneas."

Agus bha.

Chan fhaca duine ann am Fèàrn an t-Ùraisg bhon uair sin, ach mu shuidheas tu ri taobh an uillt am measg fhreumhan an Fheàrna le do shùilean dùinte, 's dochu gun cluinn thu guth domhainn uisgeach Chaobarlain a' seinn mun latha a lorg e bò na seann chaillliche - agus mar a rinn e pronnadh air a' bhodach leisg nach deigheadh a dhiochuimhnicheadh aige gu brath.



# DROMAN

**U**AIR DHEN ROBH SAOGHAL air feasgar gaothach fiadhaich aig àm dol fodha na gréine, dh'halbh triùir bhràithrean agus an coin seilge a-mach air toir rabaidean airson poit am màthar dha suipeir.

Ghairm i orra, "Feuch is nach tèid sibh faisg air a' Choille Fhiadhaich a-nochd, a bhalachaibh, agus thoiribh an aire do Chailleach an Dromain oir faodaidh an fhearg èirigh innte gu math luath mura toir sibh spéis dhith!"

Air dhaibh thaghinn gu oir na coille duirche, ruith rabaid a-mach seachad orra agus dh'halbh na coin às dèidh na rabaide - a-steach dhan choille! Gun smaoineachadh air, lean na balaich lorgan-coise nan con, a' feadalaich is ag èigheachd, "a Bhrain, a Cholla, a Mheg!" Ach bha na coin, sròintean ri talamh is cluasan air bioran, a' cumail ris an fhàileadh agus cha robh iad airson tilleadh. Dh'fheumadh na balaich leantainn orra. Ceum air cheum chaidh iad na b' fhaide a-steach dhan choille dhuirch gun sgeul no brath air na coin.

"Cha bhi ar Màthair idir air a dòigh - na coin air chall gun rabaid mar duais! Gu dè nì sinn?" dh'fhaighnich aon dhe na bràithrean.

"Feumaidh sinn fead ach an gairm sinn iad," thuirt fear eile, agus gun smaoineachadh air, bhris e dheth geug bhon Chraoibh Dhromain agus rinn e toll troimhpe a chruthachadh fead direach mar a sheall athair dha. Ach cha do smaoinich iad air cead fhaighinn bhon Chailllich agus



Thàinig an sgeulachd seo a-mach às stòiridh a rinneadh le Sgoilearan air Bun-sgoil Chraoibh rè là a' déanamh agus ag aithris sgeulach sa choille.

# An t-Samhainn



bha iad a' gabhail aithreachas oir bha i air nochdadh a' seasamh nam beulaibh, le craiceann uaine agus cho aosta ris na bruthaichean air an robh i a' seasamh. Ri a taobh, bha coin nam bràithrean.

"Bha coir agaibh smaoineachadh air sin mas do dh'fhalbh sibh le të dha na geugan agam. Ma bheir sibh dhomh trì tiodhlacan: fead sheunta bhon Dromain Òir; Cridhe Tuirc; agus fa dheireadh Prionnsa as aithne mo dhèanamh òg a-riisthist, 's dochá gun toir mi dhuibh ur coin air ais. Agus càite an lorg sibh na tiodhlacan seo? 'S ann agam fhìn a tha an t-eòlas, 's ann agaibhse tha an aineolas. Feumaidh sibh seo a choileanadh ro dhol fodha na gréine." Agus dh'fhalbh a-steach a stoc an Dromain agus chaidh i à sealladh.

Choisich na balaich gus an robh iad air an cuairteachadh le dorchadas na h-oidhche, agus anns an dorchadas sin chuala iad an ceòl bu bhinne a chual' iad a-riamh, mar gun robh eòin nan speuran uile a' seinn còmhla. Agus dh'imich na balaich chum na seinn agus chunnaic iad air am beulaibh Dromain Òir agus sna mheanglanan bha feòrag ruadh a' seinn feadag òir.

"Tha sinn a' lorg feadag òir dha Cailleach an Dromain," thuirt iad.

"Uill, ma nì sibh fuasgladh air an toimhseachan seo gheibh sibh i. O hi-ri-ri, o hi-ri-rò, cò mi? Cha bhith mi aig fois agus daonna saor. Bidh mi a'

buaileadh air dorsan agus a' crathadh nan craobhan?"

"A' ghaoth!" dh'èigh na balaich agus bha an fheadag aca mar duais.

Chaidh iad air adhart beagan gus an do ràinig iad uamh. A' saoilsinn gur dochá gun dèanadh iad cadal innte dreiseag bheag chaidh iad a-steach na b' fhaide agus na b' fhaide sìos tunail. Nuair a ràinig iad ceann shìos na tunaile chunnaich iad bucas fiodha àlainn snaighte, agus sa bhucas bha cridhe Thorc Mòr a' Chailleannaich. Ach bha e ann an lion damhan-allaidh mòr dorcha. Le fios aca gun robh iad an dàrna duais aca a lorg, sheinn iad port air an fheadaig agus bha an damhan-allaidh fo gheusaibh a' chiùil. Dh'fhalbh na balaich leis a' bhucas agus ruith iad mar pheilearan air falbh bhon uaimh.

Lean iad orra, na casan aca a' fàs gort agus le cridheachan trom nuair a thachair iad air sgoltadh domhainn. Air taobh thall nan uisgeachan chunnaic iad caisteal mòr. Bha Prionnsa ga chumail na phriosanach an sin le Famhair agus b' esan am Prionnsa a bha iad a' lorg airson a thoirt air ais gu Cailleach an Dromain! Sheinn iad tàladh air an fheadaig òir agus chuir iad am famhair na chadal agus rinn am Prionnsa teicheadh às a' phriosan, a' dol tarsainn na h-aibhne air drochaid de dh'aon bhileag fault.

Bha am Prionnsa cho taingeil air na balaich gun tainig e air ais còmhla riutha

is iad a' leantainn an lorgan-coise air ais gu làrach an Dromain. Rinn aon dhe na balaich feed air an fheadaig agus nochd a' Chailleach. Chrom am Prionnsa ceann a' toirt spèis don Chailllich agus chuir e làmhan na phòcaid agus thug e a-mach bad fhlùraichean cùbhraidh geala - blàthan dromain - agus thabhairn e don Chailllich Dromain iad. Ann am priobadh na sùla chaidh i na caileag bhòidheach òg le blàthain air a dreasa agus ma ceann.

"Rinn sibh glè mhath, a bhalaichibh. Faod sibh a-nise na coin agaibh a thoirt dhachaigh mar phàigheadh air na trì

tiodhlacan seo. Ach cuimhnich gu bràth mun Chraoibh Dromain a nì flùraichean, dearcan agus rùsg leigheas air diofar ghalaran, agus bidh droch fhortan an cois droch chleachdaidh!"

Agus gheall na balaich gun cuimnicheadh iad gu bràth mu fhialaidheachd Cailllich an Dromain agus dh'fhalbh iad leis na coin-seilge a dh'fhaighinn rabaid dha poit am màthar dha suipeir! Fa dheireadh, ràinig iad an taigh agus abair thusa gun robh sgeulachd mhòr aca ri aithris an oidhche sin!



# AN CUILEANN AGUS AN GIUTHAS

B' E MEADHAN A' GHEAMHRAIDH A BH' ANN. Bha sneachd agus deigh thiugh na laighe air uachdar na talmhainn. Bha an aimsir duilich gu leòr dha beathaichean na coille, ach air an oidhche fhiadhaich fhiadhaich seo, dh'fhalbh a' ghaoth le Brù-dearg ga thoirt air falbh bho fasgadh a nid, agus le tù dhe na sgiathan aige briste, cha b' urrainn dha faighinn air ais thuige.

Cha robh fios aige dè dhèanamh e. Thug e suil timcheall ach am faiceadh e an robh àite ann far am faigheadh e fasgadh is blàths, "S dochá gun cùm tè dhe na craobhan fasgadh dhomh gus an tig piseach air mo sgiath,' smaoinich e.

Rinn e bocadaich a-null chun na coille agus b' i a' chiad chraobh air an do thachair e beithe gheal chaol.

"A Bhean-uasal na Coille," thuirt e, "an leig thu a-steach am measg nam meanglanan mi gus am bi comas agam falbh air sgèith a-rithist?"

"Bu mhath leam gun teagamh ach bhiodh feagal orm gum briseadh tu na geugan mine agam," thuirt a' bheithe shèimh leis an iseán bheag aig crith agus a' bòcadh nan itean aige gus cumail blàth.

"Carson nach tèid a dh'fhaighneach air mo charaid an Darach. Tha e mòr is tapaidh agus tha mi cinnteach gun toir esan seasgair dhut nas fheàrr na mise."

Dh'fhalbh an t-isean beag le bocadaich is sgiathalaich gus an ràinig e an Darach.



# An Dubhlachd



"O Rìgh na Coille," thuirt am Brù-dhearg, "an leig thu leam suidhe am measg do mheanglanan mòra gus an tig mo sgiath am feabhas?" Ach bha an Darach ri cadal mòr a' gheamhraidh agus cha chuala e seinn bhinn a' Bhrù-dheirg.

Chaidh an t-isean air adhart a dh'faighneachd dha gach craobh an toireadh iad dha fasgadh agus chaidh a dhiùilteadh le gach craobh, gus an do ràinig e Craobhan Giuthais Albannach aosmhor.

"Càite a bheil thusa a' dol, isein bhig?" dh'fhaighnich iad le cagair,

"Chan eil fhios a'm," dh'aidich an t-isean; "Mura faigh mi fasgadh an ceann dreis gheibh mi bàs, tha mi a' faireachdainn na gaoithe Tuath a' tighinn."

"Chan e annainn ach na craobhan as suaraiche. Dè ni sinn dhut?" smaoinich na craobhan Giuthais, ach chuala na cridheachan mòra aca cruadal an isein agus bhruidhinn iad uile le aon ghuth:

"Isein bhig, is caol ar duilleagan; coltas orra mar snàthadan, ach leis na th' againn dhiubh gheibh thu fasgadh annta. Tha sinn àrd is treun agus còmhla bheir sinne dhut seasgair bho ghaoth fhuar a' gheamhraidh gus an càraich do sgiath. Ach èist, nar measg tha craobh aonranach shàmhach. Tha i buileach na h-aonar. Is ainm dhith Cuileann agus 's dochu gun cuidich ise thu cuideachd. Tha duilleagan biorach oirre ach ma nì thu seinn bhinn rithe tha sinn cinnteach gun cùm i biadh is fasgadh dhut fad a' gheamhraidh."

Agus sheinn an t-isean an t-òran bu bhreagha aige, agus dh'aom na craobhan Giuthais a-steach ga èisteachd, ag osnaich le boidhchead an t-òrain. Sheinn e mu èirigh na Grèine, air ruith nam fiadh, agus air solas a' tilleadh chun na Cruinne.

Dhùisg an Cuileann bho shuain agus chrath i a duilleagan uaine dorcha dealrach. Thuit feedhainn dhe na dearcan sùghmhor deurga aice chun an t-sneachda foidhpe is iad mar seudan rùbaidh.

"Trobhad an seo, isein bhig," thuirt i, "Mas e fasgadh a tha a dhith ort bheir mise dhut e oir tha d' òran air m' fhàgil le sòlas nam chridhe. Gabh do leòr dhe na dearcan breagha deurga agus dèan seinn dhomh a-rithist oir tha do chuideachd a' toirt togail mhòr dhomh."

A' gabhail òran suigeartach, rinn am Brù-dhearg bocadaich a-steach dhan dachaigh ùir aige, agus chum na seann chraobhan Giuthais fasgadh ris a' Chuileann agus ris an isean fad a' gheamhraidh.

Chunnaic agus chuala an Cruthaidhear a h-uile càil a thachair agus ghairm i coinneamh mhòr dhe na Craobhan agus thuirt e riutha: "A-mach às gach craobh, chuala an Cuileann agus an Giuthas cruadal a' Bhrù-dheirg. Bhon là seo a-mach, nuair a thig fuachd a' gheamhraidh cumaidh iadsan na duilleagan uaine aca leis na craobhan eile a' dol maol."

Sin as coireach, chun an là an-diugh, nuair a thig an geamhradh gu bheil an Cuileann agus an Giuthas a' cumail an duilleagan agus a' toirt aoibhneas agus tlachd do dhaoine – agus gu bheil am Brù-dhearg a' seinn mun coibhneas:

*Fàilt' ort Nollaig  
Fhir a' chòta dheirge*

*Fàilte ort Nollaig  
Thig bhon Ghreìn  
Fàilte ort Nollaig  
Ar crídheachan rí sruthadh  
Fàilte, fàilte ort Nollaig*



# Mum dheidhinnsa... An t-Iubhar



” DÒCHA GUN CAN SIBH IUBHAR RIUM ach buinidh mise do linn nan duilleagan fad agus sìol ùr tha daoine air iomadh ainnm a thoirt dhomh - 'Yew', 'Ywen', 'Luin', 'Craobh a' Bhàis' agus 'Craobh na h-ath-bhreith', 'Taxus baccata', 'A' Chraobh Bhuan is

Mhaireannach', "A' Chraobh as Sìor-uaine Tree', 'A' Chraobh Naomh', 'Uhe' agus 'Eo'.

Buinidh mi do dhàm fad às agus gheibh thu lorg air mo threubh ann an coilltean aosmhòr an t-saoghal fad mas tainig mo chàirdean mòr-dhuileagach gu bith.

Tha mi sìor-uaine. Tha rùsg ruadh dorcha orm. Chan eil durcain agam. Tha puinnsean annam air a bheil Taxin, a tha gu h-àraigd puinnseanta sa gheimhradh Thathas ag ràdh gum mair mi gu siorraidh. Fiù is mi air mo dhochainn le gaoth, teine no aig làmh mhac an duine, 's urrainn do gheugan na Craoibh Màthar beantainn ris an talamh a' cur fhreumhan dha gasan ùra.

'S toil le Eòin an fhoghar beathachadh air mo mheasan sùghmhòr milis ri an canar Arils. Cha dèan an sìol puinnseanta cail air an Lòn-dubh, Smeòrach no air iseanan eile a sgapas nan sìol agus iad air iteig, a' dèanamh cinnteach gum mair an teaghlaich agam gu brath.

Chì thu am fear as sine dhinn aig Fartairchill ann sn Siorrhachd Pheairt. Chan aithne dha duine le cinnt dè an aois a tha mi ach tha air a dhol tro mhìltean de gheimhraidhean cruidhe agus tro ghinealaichean mòra, a' dòn spioradan nam marbh le mo chleòca mòra uaine.

Nuair a thàinig mac an duine a dh'fhuireach nam measg bho chionn fhada leig iad mi agus leis an fhiodha rinn iad boghachan, cruinn-luinge, casan-bòdaig, bobhlaichean, soithichean-òla agus tarragan dha longan fiodha. Rinneadh sleagh às an fhiodha agam bho chionn 150,000 bliadhna - 's docha gun do chuireadh puinnsean mo dhuileagan air ceann bìorach nam





sleagh! Bhiodh a' leagail slatan lubhair sna seann aimsirean ach am faiceadh iad dè na romhpa, agus bhithte cuideachd a' snraigheadh mo chumaidh air bataichean-draoidheachd bhuidsichean agus air slatan-draoidheachd bhana-bhuidsichean.

Bhathas air a ràdh gun robh mi cho treun agus gum maireadh post-iubhair na b' fhaide na post-iarainn. Chan eil mi a' grodadh ann am burn agus nuair a thèid mo losgadh, bheir mi teas a nì blàthachadh air na oidhcheannan as fhuaire. Is e fior chraobh sheasmhach mi!

Anns na seann aimsirean bhiodh faillean beag dhiom ga thiodhlacadh leis na mairbh agus, ann am fuachd a' gheimhraidih bhiodh daoine a' gairm

orm is iad a' cur fàilte air bliadhna ùr agus a' bheatha ùr a bha ri thighinn beò innte. Chanadh iad, ge-tà, nan tuiteadh ti do chadal fom chleoc, 's doch a gur e cadal a bhiodh anns às nach dùisgeadh tu!

Tha seachas agus uirsgeulan gu leòr mum dheidhinn. Chaidh Clann Lir gu lèir a shliobadh le slat-draoidheachd lubhair len leas-mhàthair agus chaidh iad nan ealachan. Bhiodh na sithichean a' cleachdadh mo dhraoidheachd agus iad a' tighinn agus a' falbh às an t-sealladh. Anns an 13mh linn, fhuair Tòmas Reumair às Ercledoune a-steach a thom-sìthe, gu Tìr nan sithichean, far an d' fhuair e comas air an dà-shealladh a dhèanamh le Ban-righ nan Sìthichean. Thathas a' creidsinn gu bheil e fhathast a' feitheamh ri ath-bheothachadh ann am bad iubhair air a dhòn le sithichean an ceann a Tuath na Gàidhealtachd.

*Feuch is èist ri m' òran  
aosmhòr,  
Sgeulachdan a mhaireas an  
oidhche air fad.  
Trobhad a sheasamh fom  
chleoc mhòr uaine,  
a ghabhail iongantas à na  
chunnaic mí riamh agus na  
chì mí fhathast.*



# Mum dheidhinn... An Caorann



IS MISE AN CAORANN ach thathas air iomadh diofar aimm a thoirt idhomh - 'Luis', 'Rowan', '*Sorbus aucuparia*', 'Caorann Beinne', 'Roan', 'The Quicken Tree', 'Thor's Helper', 'the Witchen Tree', 'the Faerie Tree', 'Tree of Protection', 'Fuinnsseag-coille', 'Roddan', 'Raun'.

Gheibh thu lorg air mo threubh ann an Àsia an lar, beanntan Mhoroca, Ruisia, Eòrpa agus cho fada tuath ri tir nam fiadh-Lochlannach. 'S urrainn

dhomhsa far nach soirbhicheadh le craobhan eile, shuas sna beanntan, air gilean casa agus air creagan. Ach gheibh thu cuideachd mi an seo ann an Alba am measg nan Giuthas Albannach no a' fàs air seann chroitean far an deach mo chur airson dòn nan teaghlaichean a bha a' fuireach ann.

'S caomh le iseanan na dearcan agam agus tha iad a' sgapadh mo shiòl - breacan-beithe agus gealag bhuidhe nan coille; lòn-dubh air tuath; leis an liath-



truisg agus smeòrach an t-sneachda ag itheadh nan dearcan agam agus iad ag imrich gu deas as t-fhoghar. Tha mac an duine a' dèanamh silidh agus fion às mo dhearcan-caoraínn. Tha duilleagan iteach a' tighinn orm sa Ghiblean, is iad air a dhol dearg is òir as t-fhoghar mas tuit iad chun na talmhaínn. Tha flùraichean geala cùbhraidih a' tighinn orm ro mheadhan an t-samhraidih, rud a tha a' tarraig nan seillean-mil, agus tha na dearcan breagha deurga a' cur nan eun-seinn ann an sunnd san Lùnastal.

Is treun am fiodha agam agus tha mac an duine air a bhith a' dèanamh bataichean, cuidhleachancairt, dealgain agus cuidhleachan sniomha. Bhiodh cuideachd mo chleachdadadh ann an leinnteilean bhos



cionn theintean. Ann an seachas nan Lochlannach, rinneadh a' chiad bhoireannach a-riamh asam, agus shabail mi Thor le a bhith a' faomadh thar abhainn luath agus e ga thoirt air falbh leatha. Anns na seann sgeulachdan Greugach bhathas air a ràdh gur e Hebe, gille-copain nan Diathan agus Ban-dia na h-Oige, a thug beò mi. Dh'fhalbh deamhain leis a' chopan agus bha na Diathan cho fiathaich agus gun do chuir iad lolaire air a thoir. Thòisich batail mòr agus air gach làrach far an do thuit itean no boinneagan fala na h-lolaire, dh'fhàs craobh-chaorainn ann.

Ann an seachas nan Gàidheal, bhithe ag ràdh gun fàsadhbodaich òg nan itheadh iad mo dhearcan agus gum biodh dràgonan fiadhaich a' dol a chadal ann an sàbhailteachd nam freumhan agam. Ann an Alba, cha shiubhladh

duine air bith astar fada gun slat bheag caorainn a bhith na phòcaid no ann srian an eich chum dion a dhèanamh orra - gu h-àraidh mu mheadhan an t-Samhraidh nuair a bha Sithichean mun cuairt!

*A' Chraobh-chaorainn is snàithlean dearg',  
Crionadh air bhuidisichean,  
sithichean air searg.*

Bhiodh meanglan-caorainn aig na banachagan agus iad ga chur timcheall a' bhanne is na cuinneig gan dion bhon droch shùil, agus chan deigheadh leanabh òg fhàgil na aonar uair sam bith gun slat charaoinn sa chreathail gun fhiasd nam falbhaidh e leis a' ghaoith-shìthe.



# Mum dheidhinnsa... An Seileach



IS MISE AN SEILEACH ach tha iomadh ainm eile agam: 'Salix alba', 'Sail', 'Welig', 'Willow', 'Witches Asprin', 'Seileach Bàn.

Tha mòran diofar sheòrsa chraobhan ann an gnè nan seileach: are many species in my family: white, crack, goat, almond, grey, weeping willow to name a few. Tha mi tric air mo ghearradh air ais no a phreasarladh ach am fàs caol seilich subailte dhaibh! Ma chuireas tu slat seilich ann an talamh fliuch thig fàs orm oir is e talamh bog as fheàrr leam. Tha n flùraichean agam, ris an canar chluigein-sheilich, min mar mhealbhaid agus iad a' fàs orm as t-earrach leis na duilleagan. Tha an seillean-mil gu math dèidheil air mo phoilean is iad ag itealaich am measg mo dhuiileagan mine rè blàths an t-samhraidh.

Bhithe a' cur mo gheugan gu feum airson bhasgaidean, fheansaichean agus's math dh'fhaoidte gum faigheadh tu lorg orm bho chionn fhada ann am bonaidean a' dion cheann oibrichean-tuathanais fo theas na grèine. Dheigheadh mo gheugan a chuir ann am frèaman churaichean – bàtaichean beaga a bhiodh iasgairean a' giùlan air an druim agus a' iasgach ann ann an lochan, bàigh, fèithichean agus aibhnichean. Bhiodh a' cruthachadh bhataichean-criogaid às an fhiodha

agam agus a' cairteadh leathair le mo rùsg.

Tha searbhad salicylic san rùsg agam a tha math mar chasgadair-cràidh agus lorgas ann an aspairin. Bhithte ag ràdh gum biodh luchd-siubhail a' dèanamh deoch lem rùsg a bha a' dèanamh leigheas air t-siataig, air a' chnatan mhòr agus air cinn ghoirt. Anns na seann aimsirean bha buntannas làidir agam do chailleachan, chailleachan nan cearc, do slànaighearan agus do mhnathan-buidseach!





Gheibh thu lorg orm ann an seachas agus uirsgeulan - fhuair Orpheus a sgilean bàrdachd tro bhith a' toirt slat-sheilich leis nuair a dheigheadh e a-steach a shaoghal nam marbh, far an d' fhuair e clàrsach mar thiodhlac bho Apollo. Leis a' chlàrsaich seo, chuir e beataichean fiadhaich fo gheus cho math ri craobhan agus creagan Beinn Olympus. Bha mòran Mnathan-Dia le buntannas dhomh - Persephone, Helice, Hecate, Belili, Brig - uile le dàimh chun na Gealaich, nan uisgeachan agus nam fuaran. Anns na seann aimsirean bhiodh cagar binn sìthich an t-seilich a' dùsgadh spiorad na bàrdachd is ciùil ann an daoine.

Tha mòran seann chleachdaidhean is nòsan Eòpac a bhuineas dhomh; bhiodh Luchd-siubhail Ròma a' cleachdadhbh mo fhiodha airson dearbhadh cò bha iad a' dol a phòsadh, shadadh boireannaich gun duine na brogan is botannan aca suas dha mo mheanglanan agus nan deigheadh gin aca a ghlacadh leam bhiodh iad cinnteach gum pòsadh iad am bliadhna sin!

Le bhith a' snaimeadh tè dha na geugan agam ann an snaidhm sgaoilte gun a bhriseadh gheibheadh daoine na miannaich iad. Nan faigheadh iad na bu mhiann leotha, dheigheadh iad air ais chun na craoibh agus

dh'fhosgladh iad an snaidhm a' toirt taing don chraoibh. B' urrainn dhut cuideachd gnogadh air mo rùsg airson deagh fhortan a bhith agad!



# Mum dheidhinnsa...A' Bheithe



IS MISE A' BHEITHE ach tha iomadh ainm agam: 'Birch', '*Betula pendula*', 'Beith Charraigeach', 'Beith Dhubbhach', 'Beithe Dhubh-chasach', 'The Shining One', 'The Nurse Tree'.

Bu mhise a' chiad chraobh a steidheachadh air feadh na h-Eòrpa agus taobh Tuath an t-saoghail às dèidh Linn na Deighe. Is mise a' chraobh as tapaidh a th' ann agus gheibh thu lorg orm a' fàs anns a' Ghraonlann agus ann an Innis Tile. Le cho beag 's a tha mo dhUILleagan agus cho caol 's a tha

mo gheugan tha an talamh fodham fliuch is làn glasraich agus a' freagairt air lusan a tha fada gun fàs, is iad a' faighinn fasgadh bhuam. As t-earrach, mas nochd mo dhUILleagan beaga uaine, ma chuireas tu do chluas rim stoc cluinneadh tu an snodhach agam ag èirigh! Bidh cuid de dhaoine a' tort snodhach asam mar deoch fhionnar sa Ghiblean. As t-fhoghar, faod sibh bolganan-buachair sa chòinneach mun cuairt orm as urrainn dhuibh ithe.


Tha an rùsg orm cho tana ri paipear

le dath geal airgid air. Tha e gu math feumail mar èidhleagan teine, agus gheibh sibh teas math as an fhiodha agam. Tha mac an duine bho riamh air a bhith an urra rium agus tha mi le urram mòr am measg luchd-siubhail agus le tùsanaich a' fuireach ann am fuachd an taobh tuath.

Tha mi cuideachd nam chraoibh gu math feumail agus iol-chomasach. A' cur an fhiodha agam gu feum, tha daoine a' dèanamh chreathailean, sgithean, bobhlachan, spàinean, sguaban, stòlan, dealganan snìomha agus innealan-ciùil leithid an Kantele Fionnlannach. Bhithte a' cruthachadh phasgaidhean lem gheugan agus lem rùsg dheigheadh a dhèanamh dionach a thaobh uisge, gaoth agus sneachda. Bhiodh na Gàidheil a' cleachdadh slatan airson dòn crodh agus daoine bonh droch shùil.

Gabhaibh soithichean a dhèanamh lem rùsg leithid an soitheach 2,500 bliadhna a dh'aois a lorgadh ann am poll faisg air Trondheim san Nirribhidh! Thathas dhen bheacd gur e ìm a bhathas a' cumail ann. 'S urrainn dhut cuideachd mo rùsg a' figheadh airson brògan agus basgaidean a dhèanamh agus tha canùthraighean gan dèanamh an Canada às mo fhiodha! Chaيدh sgrìobhaidhean diadhachd bhon 5mh linn a sgrìobhadh orm agus tha iad ann fhathast!





Tha ròiseid ri fhaighinn às mo rùsg ma theasaicheas tu, a' dèanamh teàrr as urrainn a chur gu feum airson lìnig phoitean, dion bhàtaichean agus tha e na deagh ghlaodh. Biodh daoine eadhon a' cagnadh air an ròiseid – bu mhise a' chiad ghlaodh-cagnaidh!

Tha mòran seann sgeulachdan is seanchais stèidhte orm. Aig na Lochlannaich is mi craobh Thor le buntanas agam dha Frigga, Ban-dia gaoil, nan sgothan, is nan speuran. Chumadh meangan thar doras taighe dion air na daoine na bhoirinn bhon dealanaich agus bho spioradan os-

nàdarra. Air Là Buidhe Bealltann dheigheadh crodh a chuir tro ceò theintean mo fhiodha airson an dòn mas deigheadh iad a-mach chun na h-àiridh. Tha Beithe a' comharrachadh B, an dàrna litir san t-seann abidil Ghàidhlig.

Ann am Fionlainn, chanadh iad gun do dh'fhàs a' chiad Bheithe Gheal bho dheur maighdinn, agus tha seann sgeulachd ann an Kalevala, ag innse mu Vainamoinen, a rinn clàrsach às mo fhiodha agus na teudan bho mhaighdeann a bha seinn agus gum biodh e a' seinn ris na h-eòin agus na craobhan.

Ann an searchas nan Sibèireach is mi Craobh na Beatha. Gu fada tuath canaидh iad gu bheil beith gheal mhòr ann le duilleagan oirre cho mòr ri spògan mathain agus le chluigein cho fada ri cuip. Aig bonn na seilich seo tha tobar às a bheil uisge-beatha a' tighinn. Ma chuireas tu copan seilich dhan tobar agus gun òladh tu am bùrn gheibheadh tu beatha mhaireannach.



# Mum dheidhinnsa... An Sgitheach



IS MISE AN SGITHEACH ach tha mac an duine air iomadh ainm a thoirt dhomh: 'Hawthorn', 'Crataegus monogyna', 'Preas nan Sgeachag', 'Droigheann', "Sgeach-caor", 'Uath', 'Whitethorn'; 'May Tree'.

Tha mi nam chraoibhe bhig ann an gnè nan ròs agus thathas ga mo chur ann an callaidean maille ri cuileann agus droigheann dubh agus gheibhear lorg orm faisg air far a bheil achaidhean daoine. Tha mi a' toirt fasgadh do dh'eòin agus do bheathaichean beaga

cho math ri biastagan beaga, agus 's toil le lusan fàs romhan oir chan eil mì gionach. 'S urrainn dhomh seasamh beò fad 400 bliadhna agus gheibh thu lirg orm a' fàs air feadh na h-Eòrpa.

Air mo fhlùraichean sa Chèitean tha còig sìopalan uaine air a bheil coltas solais timcheall rèile. Bhithte a' tional agus a' figheadh a' bhlàthain seo agus a' cruthachadh fhleasan agus chrùn airson Là Buidhe Bealltann, le siubhlaichean acrach ag ithe mo dhuilleagan a chanadh 'Aran is Càise'

riutha! Nithear teatha ùrachail leis na duilleagan òga agus ga h-òl airson a' chridhe agus amhaichean goirte. As t-fhoghar tha mo gheugan làn dearcan deurga sùghmor air a tha na h-eòin gu math dèidheil, agus a tha daoine a' cur gu feum ann an silidh agus fion.

Is buan am fiadha agam agus tha daoine ga chur ann an casan bhiodagan is sgianan, cìrean agus bucais dha mnathan. Nuair a thèid mo losgadh tha teas mòr a' tighinn asam. Gabhadh gual-fhiodha asam agus, ann an Alba, tha an rùsg ga chleachdadh 'son clò a' dathadh dubh.

Tha mi na mo thèarmann san tairneanaich agus bhiodh seòlaidearan a' toirt leotha slat bheag airson dòn bho stoirmean aig muir agus an dealanaich aig tìr. Mar chraobh sheunta is i m' obair ach dòn nan tobar agus nam fuaran. Bheirte clann tinn chun nan tobar is fuaran agus bhithte a' crochadh chlobhdan is luideagan na mo gheugan chum deagh fhortan, slàinte agus soirbheas a bhith aca.

Tha seachas gu leòr ann mum dheidhinn. Bha fear Tòmas Reumair ann uaireigin, bàrd is fiosache às Na Crìochan san 13mh linn, a thuit na chadal fodham air madainn Chèitein agus a chaidh a thoirt air falbh le Bàn-Sìth gu Tìr nan Sìthichean. Bha e a' saoilsinn nach robh e air a bhith ann





ach tìde ghoirid agus fhuair e a-mach a-rithist gun robh seachd bliadhna ann! Bidh seann sgeulachdan Gàidhealach ag aithris mu gheusan gan cuir air mòran daoine (agus cruidh!) agus mar a chaithd an toirt air falbh leis na Sithichean as t-samhradh - thoirt an aire mas tuit thu nad chadal fodham air là breagha samhraidh!

'S e an 'Holy Thorn of Glastonbury' an sgitheach as ainmeil ann am Breatainn. Tha e san t-seanchas gun do stob lòseph o Arimatea a bhata dhan talamh air Tòrr Glastonbury agus gun do dh'fhàs Sgitheach às an toll. Dheigheadh mo chur ann an callaidean le tuathanach Albannach is iad a' creidsinn gun robh mi math dhan chrodh aca.

Bhiodh fadachd air cailleagan òga gus an tigeadh blàthan orm; bhiodh iad a' dèanamh leth-bhriseadh air na geugan air an robh e agus ga fhàgail ga chrochadh. An oidhche sin thigeadh aisling thuca nan cadal ag innse dhaibh cò a phòsadhl iad agus dheigheadh air toir nan geugan a bhris iad an ath latha agus bheireadh iad leotha am blàthan agus chumadh iad nan cois e gus an nochdadhl an duine.

*Is bòidheach a'  
mhaighdeann,  
Air a' chiad là den  
Chéitean, A dh'fhalbas  
chun achaidh,  
Aig briseadh na maidne,  
Ga nighe fein an drìuchd  
an Sgithich,  
Cha chrion a bòichead,  
bídh iad òg no abaich*



# Mum dheidhinnsa... An t-Uinnseann




IS MISE AN T-UINNSEANN ach tha daoine air iomadh aimh a thoirt idhomh: 'Ash', 'Ask'; 'Yggdrasil'; 'Nuin'; 'Nion'; 'Esh'; 'Odin's Tree'; 'Fraxinus excelsior'.

Thèid m' aithneachadh air mo dhuilleagan mine iteach ann am paidhrichean. 'S math leam seasamh ann an talamh fliuch le mo ghàirdeanan sìnte suas chun na grèine. Aithnich thu sa gheamhradh mi air mo ghucagan dubh dorcha aig ceann mo gheugan. Tha blàth a'

tighinn orm eadar an Giblean agus an Cèitean mas tig duilleagan orm agus as t-samhradh tha an siol uaine-bhàn a' tuiteam sìos chun na talmhainn. 'S toil le clann cluich leotha agus canaigh iad 'soinners' riutha. Is mise tè dhe na craobhan fa dheireadh air a bheil duilleagan a' tighinn.

*"Oak before Ash in for a splash. Ash before Oak in for a soak" mar a chanas iad sa Bheurla!*



Tha mi caol, àrd, treun agus finealta. Bhithte a' cur taobh a-staigh mo rùisg air lotan fuitreach, le mo snodhach ga chleachdadhar mar dì-ghalaran. Chuireadh luchd-siubhail mo dhuilleagan nam brògan mar leigheas air casan sgìth. Bheirte spàin de mo shnodhach do leanadan air ùrbhreith agus do chlann tinn oir bha mi nam shamhla air neart mòr. Gus snodhach a thoirt asam bhithte a' cur tè dha na geugan agam na theine leis an t-snodhach a' tighinn às ann am builgeanan.

Leis an fhiodha agam, bhiodh daoine a' dèanamh shleaghan, àirneis, ràmh agus phòlaichean, chairtean agus feansaichean. Thathas cuideachd ag ràdh gum biodh bana-bhuidsichean a' dèanamh sguaban-draoidheachd lem fhiodha. Cuideachd, dhèanar teine math leam – ' Burn Ashwood of green. 'Tis fire for a Queen.'

Bha mòran chultaran aosmhòr a' creidsinn gur ann asam a thàinig mac an duine beò. Ann an seachas nan Lochlannach canar Yggdrasil ('Craobh an t-Saoghail') rium agus chuir an Dia Odin a fhèin na chrochadh nam mheanglanan fad naoi làithean ach am faigheadh e gliocas.

Tha mi ainmeil mar 'chraobh diona'. Dheigheadh mo chleachdadhar mar chraobh Nollaige agus dheigheadh slatan draoidheachd a dhèanamh lem fhiodha. Bhiodh seòlaidearan a' tort leotha crois uinnsinn ach an deigheadh an dòn aig muir agus bhiodh a' chrois uaireannan mar phàirt dhen bhata ach an deigheadh am bata fhèin a dhion. Anns an t-Suain dheigheadh bainne a thabhairn dhan Chailllich Uinnsinn a bha a' dòn nan tuathanasan.

Ann an seachas nan tùsanach Ameireagaidh a Tuath, tha seann sgeulachd Algonquin mu fhamhair air an robh Glooksap nach fhàsadh no tinn no eadhon aosta. 'S ann às an

iarmait a thàinig e, faisg air fear am biodh a' ghrian ag èirigh agus rinn e siubhal gu taobh thall a' chuain ann an canù agus leig e sìos acair. Chruthaich Glooksap daoine beaga an sin às na creagan agus an uair sin mac an duine fhèin le bhith a' bualadh saighdean ann an coilltean uinnsinn, às an tàinig fireannaich agus boireannaich.



# Mum dheidhinnsa... An Darach



IS MISE AN DARACH ach tha sibh air iomadh ainm a thoirt dhomh: 'Quercus robur'; 'Oak'; 'Righ na Coille'; 'Eitheach'; 'Dair'; 'The Lightening Tree'; 'Furran'; 'Rail'.

Dhen treubh air fad (tha 450 gnèithean Daraich air feadh an t-saoghal), is iad an Darach Neo-ghasagh agus an Darach Cumanta as mothà a tha a' fàs ann an Alba. 'S ann gu math mall a bhios mi a' fàs ach 's urrainn dhomh fàs cho àrd ri 30 meatair agus a bhith suas ri 500 bliadhna, ged a tha feadhainn beò mòran nas fhaide. Tha duilleagan a' tighinn orm

aig deireadh a' Giblein. Bidh na biastagan a' dèanamh na h-uibhir de chreimeadh air mo dhuilleagan is gu bheil iad le coltas clearbach agus caithte orra aig deireadh an luchair. Gu h-iongantach (no gu seunta) tha duilleagan ùra a' tighinn orm mu Là Lùnastail, ciad là dhen mhios. Tha flùraichean fireannta orm a tha nan cluigein a tha a' fàs beagan às dèidh dha na duilleaga nochdadh, agus tha duilleagan boireannta orm a tha a' dol nan cnothan - ach chan eil iad seo a' nochdadh gu bheil mi 50 bliadhna' a dh'aois! Tha freumhan farsaing treana

orm agus tha greim math aca air an talamh le mo mheanganan a' sìneadh chum nan speuran a' tarraing uisge ùr milis.

Mar athair nan craobhan, tha mi a' toirt dachaigh do iomadh seòrsa beathach sa choille – biastagan, eòin, mamalan beaga, a tha an urra rium airson biadh agus fasgadh. Bidh tuirc, feòragan, starragan agus sgreuchanan-coille uile biathadh air na cnothan agam as t-fhoghar. Bhiodh daoine a' pronnadh chnothan-daraich bho chionn fhada agus a' dèanamh min-flùir leotha, nuair a bha cruidal orra. 'S urrainn leathar a chairteadh agus clò a dhathadh lem rùsg, agus 's toil le crotal a bhith a' dèanamh dachaigh na mo chlaisean carraigeach. Tha fion ga dhèanamh lem dhuilleagan as t-earrach agus as t-fhoghar, gabhaidh inc a dhèanamh le dar-ubhlan.

Dheigheadh Birlinnean Lochlannach agus longan a' Chabhlach Rìoghail a thogail le darach bho chionn fhada le cho seasmhach 's a tha am fiodha agam. Tha saoir-àirneis a' cur luach mòr annam oir nithear bùird, cisteachan agus seathraichean a mhaireas fad linntein lem fhiodha àlainn. Ann an seachas nan Sasannach, bhithte ag ràdh gur e fiodha-daraich a rinneadh Bòrd Cruinn Righ Artair agus tha mòran sgeulachdan ann stèidhete air an dàimh eadar mi fhìn agus Merlin.






Ann an seachas na Grèige, bhithe a' creidsinn gun robh spioradan daraich ann, seann bhodaich air an robh Dryads agus gur ann bhon chraobh sheunta seo a thàinig mac an duine. Ann am Breatainn, bho chionn fhada, chaidh aghaidhean an Duine Uaine a shnaigheadh ann an eaglaisean agus bha òrain ann mu fhear 'Jack in the Green' a bhithe a' seinn fom mheanglanan.

Bho chionn fhada, bhiodh na Draoidhean (Fir Ghlic an Daraich) a' tighinn còmhla ann an doireachan-daraich. Bhiodh lul-loc, an lus as draoidheil a bh' aca 's dochá, gu tric a' fas air craobhan Daraich agus bhathas a' creidsinn gun deach a chur ann le làmh Dhè tro bhual dealanaich. Is mise a' chraobh a' tarraing as mothach de dhealanaich, agus tha cuid de

na craobhan as sine nam threubh le làraichean-leòin orra a tha a' dearbhadh seo.

Tha mòran pharaisteann le darach soisgeil aca aig am biodh daoine a' cruinneachadh a leughadh a' bhiobaill no a phòsad. Bhathas a' creidsinn gum biodh beatha fhada fhallain aig daoine nan cumadh iad cnò-daraich nan cois. Bhiodh gille is nighean a bha ri suirghe sna seann aimsirean a' cur dà chnò-daraich ann am bodhla bùirn feuch an tigeadh iad còmhla no am falbhaidh iad bho chèile - mar shamhla air na thachraidh dhaibh nam pòsad iad!

Bhiodh treubhan aosmhor na h-Eòrpa a' cur luach mòr annam, gu h-àraidh air craobhan-daraich fa leth a bha air a bhithe ann bho chionn fhada, mar eisimpleir Darach Bhraonain ann an Siorrhachd Pheairt no an Darach Mòr ('Major Oak') ann an Coille Sherwood far am biodh Robin Hood agus a ghillean sunndach a' cur romhpa dè an ath rud a dhèanadh iad! Bha mi le inbhe choisrigte aig na Diathan Thor, Zeus, Esus, Odin, Jupiter, Hercules agus Pan agus aig Naomh Brìde a steidhich taigh-cràbhaidh ann an Cill Dara ('Eaglais Dharaich') dha mnathan-naomh na h-Éireann. Agus anns na fior sheann aimsirean, bhiodh na rìghrean a' cur crùn de dhuilleanan daraich mum ceann a chomharradh neart agus torachas.



# Mum dheidhinnsa... An Calltainn



IS MISE AN CALLTAINN ach tha daoine air iomadh ainm eile a thoirt idhomh: 'Hazel'; 'Coll'; 'Caomhan'; 'Craobh an Eolais'; 'Craobh nam Bàrd'; 'Craobh Fhinn'; '*Corylus avellana*'.

Gheibh thu lorg orm air feadh Bhreatainn agus san leth a tuath dhen t-saoghal, a' fàs ann an talamh fliuch faisg air lòintean. Tha mi a' fàs gu mu 4-7m. Tha rùsg rèidh, liath-dhonn orm, agus ma thèid mo phreasarlach tha mi a' dèanamh slatan fada dìreach.

Tha duilleagan orm le cumadh cridhe a tha a' fosgladh tràth as t-earrach agus tha iad a' fantainn air mo gheugan a-steach dhan Dubhlachd.

Tha flùraichean a' tighinn orm tràth. Tha mo chluigein mar earbaill uan agus tha iad gan lìonadh le poilean agus gan tilgeil mas eil fuachd a' gheamhraidh seachad. Tha na flùraichean boireannta, gucagan beaga deurga, a' glacadh a' phoilein agus a' dèanamh chnòthan-calltainn dhiubh.



Thatas ag ràdh gun robhas a' dèanamh leigheas air dèideadh nam biodh cnò an cois an duine a bha a' fulang agus bhithte a' pronnadh chnòthan agus gam measgachadh le mil airson leigheas-casad a dhèanamh.

Tog dà slat na do dhà làimh agus stiùiridh mi thu is tu a' lorg fhuaran no bùirn fon talamh. Bhiodh luchdsiubhail an Alba a' cur slatan sùbailte calltainn gu feum ann am frèaman na teantaichean aca, ann an curaichean, caolach, basgaidean, clearcaill, cliathan agus bataichean air an dèanamh le slatan calltainn.

Tha mòran protein anns na chnòthan agam agus bhiodh daoine a' pronnadh chnòthach-calltainn agus gam

measgachadh le min-flùir airson aran a dhèanamh.

Ann an pàirtean de Bhreatainn dheigheadh slatan-calltann a chleachdadadh chum lorg fhaighinn air mèirlich, air ulaidh agus bhiodh seòlaidearan a' cur adan calltann orra nuair a bhiodh stoirmmean mòra ann aig muir. Aig àm breith nan uan

dheigheadh chluigein calltann a chur timcheall na cagailte, agus le slatag ga snaidheadh ann an earball eich dheigheadh am beathach a dhòn bho gheusan agus bho na Sìthichean.

Is e craobh dhraoidheil mi agus cha leig sibh leas ach suidhe fodham airson brosnachadh fhaighinn bhuam. Bu mhì craobh an eòlais aig na seann

Ghàidheil agus mi le cnòthan eòlais orm mar mheasan. Bho chionn fhada, maille ris a' chraoibh-ubhail, bha mi bho coisrigte agus gun deigheadh daoine a chur gu bàs nan leigeadh iad mi. Canaидh mòran gur e Craobh Sithe mi agus gun deigheadh do thoirt air falbh leis na Sìthichean nan suidheadh tu fodham.

Ann an seachas nan Gàidheal, b' iad dà iasg sheunta ann an tobar choisrigte a bha ga mo dhòn agus gum faigheadh duine sam bith a mharbhadh iad dioghaltas bho na Diathan fhèin. 'S ann leis a' ghaisgeach Ghàidhealach Fionn Mac Cumhail a tha an dàimh as treasa, le mar a fhuair e gliocas bho bhradan an eòlais.



# Mum dheidhinnsa... A' Chraobh-ubhail



IS MISE A' CHRAOBH-UBHAIL ach tha daoine air diofar ainm eile a thoirt dhomh: 'Pyrus malus'; 'Quert'; 'Malus sylvestris'; 'Malus domestica'; 'Abhall'; 'Crann-ubhail'; 'fiadh-ubhail'; 'goirteag'.

Is e an fiadh-ubhail ('wild crab apple') an aon chraobh nam threubh a bhuiteas do Bhreatainn, is i a' fàs ann an coilltean is callaidean – cha tainig craobhan-ubhail planntachaidh a-steach a Bhreatainn chun na 18mh linn. Is i craobh bheag mi agus tha mo dhuilleagan ann an cumadh cridhe a'

tighinn orm tràth as t-earrach. Buinidh mi do ghnè nan Ròsan, agus le seo tha flùraichean còig-filte orm.

Nuair thig blàthan orm tha an t-àile mun cuairt orm ga lìonadh le fàileadh cùbhraidh a tha a' tarraig nan seillean-mil. Tha mo mheasan a' tighinn abaich as t-fhoghar, agus 's toil le smeòraich agus mucan – cho math ri mac an duine – a bhith gan itheadh.

'S iad na craobhan-ubhail as mothàir a bheil an t-ul-ioc a fàs agus mur seo tha mi air a bhith coisrigte aig daoine bho chionn fhada.

Canadh daoine 'An apple a day keeps the doctor away' agus tha e fior gu bheil na measan iriosal agam na leigheas airiomadh seòrsa ghalair, eadar an sgìths, an t-siataig, guta, clachan-domblais, an cnàmh, air a' ghrùthan agus an àirne. Gabhaidh mo fhiodha a shnaigheadh mar phreusantan beaga gaoil leithid spàinean agus is iad mo mheasan as mothà a tha a' cunntadh. Tha mi làn pectin agus a' cuideachadh silidh agus slaman-millis a chum seatadh. Tha daoine tric a' dèanamh 'chutney', lìonn-ubhal agus fion geur le mheasan. Paisg mi ann am páipear agus cuir ann an rùm fionnar dorcha mi agus bidh mi ceart gu leòr chun a' gheamhraidh.

Air Oidhche Shamhna, 's toil le daoine a bhith a' bobadh 'son ubhlan agus a bhith ag òl sùgh ubhail, teth agus le mil agus caineal ann. Dhèante geusan gaoil le shìol – mura b' urrainn dhut taghadh a dhèanamh eadar dithis bhalach bhithe a' cur dà shìol - air ainmeachadh air na balaich fa leth - air do ghruaidh agus am fear a dh'fhuiricheadh ann b' esan am fear dhutsa!

Feuch an toimhseachadh le do chàirdean: O hi-hi-rì, o hi-hi-rò, innis dhomh, innis dhomh, cò mi – tha mi nam thaigh beag dearg, gun uinneag air is gun doras ach le reul nam bhroinn?" Gèarr ann an dàrna-leth mi





bho cheann gu bonn agus chì thu reul sheunta annam!

Aig àm-buana ann an Sasainn, bhithte a' fàgail an ubhail fa dheireadh dha bodach glic na craoibh-ubhail a nì cinnteach gum faighear deagh bhuan agus fhortan.

Tha mi a' samhlachadh bòichead, earbsa, cairdeas, torachas agus òige mhaireannach. Bheireadh daoine òga ann an gaol ubhlan dha chèile agus thathas ag ràdh gur i Tìr nan Òg na eilean fad gu'n iar seachad air faire, far a bheil craobhan làn ubhlan is blàthain fad na bliadhna. Ann am Peirsis tha am facial airson Pàrras a' ciallachadh 'ubhal-ghort'.

Ann an seachas na Grèieg, thug Gaia - Ban-Dia na Talmhainn - craobh-ubhail choisrigte seachad do Hera, Ban-rìgh Flaitheis is i a' pòsadh

Zeus. Tha i ga dòn ann an Gàradh Hesperides le dragon aig faire agus naoinear mhaighdeann bòidheach. Chuir Eurytheus Heracles a-nall a ghoid trì ubhlan òir mar an aonaighniomh deug aige. Tha cuideachd buntanas agam do na Mnathan-Dia gaoil Venus, Aphrodite agus Athena.

Ann an seachas nan Gàidheal bha meanglan seunta airgid a ghearradh bho chraobh ubhail draoidheil agus air a' mheanglan bha naoi ubhlan a sheinneadh ceòl cho binn is gun cuireadh e daoine ann an cadal mar gum biodh iad fo gheasaibh!


Anns an 13 linn sna Criochan, choinnich Tòmas Reumair ri Ban-Sith a thug dha an dà-shealladh ach le rabhadh gun ubhal itheadh ma bha e airson tilleadh chun an t-saoghal aige fhèin.

#### Tòimhseachan:

*Chunnaic fear gun sùilean übhlair a' chraoibh,  
Cha tug e übhlair dhith's  
cha do dh'fhàg e übhlair  
oirre.*

#### Fuasgladh

*Bha aon sùil aige is bha dà  
ubhal air a chraobh  
Thug e aon ubhal dheth is  
dh'fhàg e aon ubhal air*



# Mum dheidhinnsa... Am Feàrna



IS MISE AM FEÀRNA ach tha daoine air diofar aimm a thoirt dhomh: 'Alder'; '*Alnus glutinosa*'; 'Ruam; 'Droimlein; 'Fàirneag'.

Gheibh thu lorg orm a' fàs air feadh na h-Eòrpa agus ann an Ruisia agus Siberia. Tha mi càirdeach don bheithe agus challtann agus bidh sinn uile a' fàs an talamh bog ri taobh aibhnichean is bhoglaichean. Fàsaidh mi gu 20m de dh'airde agus fanaidh mi beò suas ri 120 bliadhna.

Nuir a thèid mo leigeal tha am fiodha a-staigh geal an toiseachd, ach

tha e an uair sin a' dol dearg – mar gur ann a' leigeil fala a tha mi.

Tha mo dhuilleagan mar chridheachan bun os cionn a tha steigeach is iad òg ach a tha a' fàs donn agus leatharach leis an aois. Tha chluigein a' tighinn orm as t-earrach agus tha iad nan tàmh gu àm an fhoghair. Tha na flùraichean boireannta a' glachadh poilean bhon chluigean fhireannta agus tha sìol dearg is dorcha a' fàs annta. Tha an sìol abaich a' tuiteam san Dàmhair. Tha iad le tuill nam ballachan a tha dònach ri



èadhar a' leigeil leotha fleòdradh air uisgeachan, maille ri còmhachadh ola a th gan glèidheil. Tha iad gan toirt air falbh leis na h-uisgeachadh fodhpà agus a' fàs fad air falbh bhon chraoibh a ghin iad, no soirbhichidh leotha ann am boglaichean le talamh math. Tha mi cudromach don àrainneachd oir tha mi a' càradh naitridean agus a' cur ri mathas na talmhainn; le còinneach, crotal agus biastagan uile airson a bhith beò timcheall orm. Tha mi cuideachd a' toirt fasgadh fionnar do na h-iasg sna h-aibhnichean fodham.

That has ag ràdh gun robh bruicheadh rùsg Feàrna a' toirt dhut lionn a bha a' dèanamh leigheas air losgaidhean agus air ain-teas. Bhiodh luchd-siubhail a' cur dhuilleagan nan brògan gus fuarachadh chasan teth, agus bhathas ag ràdh gun robh cadal is leabaidh dhuilleagan Feàrna a' cuideachadh leis an lòinidh.






Canar an 'Dyers and Spinners Tree' rium. Bho mo fhlùraichean thathas a' faighinn dathadh uaine; dath aodach nan sìthichean agus dath chleòcan do-fhaicsinneachd. Bho mo rùsg thathas a' faighinn dathadh ruadh a tha a' dol dubh ma chuireas copar ann - thathas a' smaoineachadh gur dochas gum biodh na laoich bho shean a' dathadh nan aghaidhean aca mas deigheadh iad a shabaid. Tha na geugan a' toirt dhut dathadh donn agus tha na gasan òga sa Mhàrt gan cleachdad airson dathadh òir caineil. Bhiodh na gobhaichean a' dèanamh gual-fhiodha leis an fhiodha agam oir tha mi a' losgadh aig ire de theasad a tha a' freagairt air claidheimhan a dhèanamh. Ann an Alba bhithte a' dèanamh sheathraighean is cuidhleachan-sniomha lem fhiodha.

Leis is gun toil leam suidh sna h-uisgeachadh gun grodad, chaidh mo chleachdad ann an Alba bho chionn 3,000 bliadhna airson chrannagan air oir lochan. Thogadh Venice air muin stocan feàrna! Dhèanar brògan-fiodha asam, cho math ri claisean, pumpaichean agus dha tuill-lodain. Bhathas a' dèanamh fheadagan lem fhiodha a bha cho millis nam fonn is gun togadh iad a' ghaoth!

Nuir a rinn Deidre a' Bhròin teiceadh le Naoise, Mac Uisne, a dh'Alba às Ulaidh ach am seachnadh iad fearg Rìgh Chonachair Mac Nessa dhan tug Deirdre gealladh-pòsaidh. Bhathas ag ràdh gun do chlèith iad fhèin bho shaighdearan an Rìgh ann an Coille Fheàrna ann an Gleann Eite, fo chleoc a bha gan dèanamh do-fhaicsinneach bho shùilean daoine. Bhathas ga mheas mì-shealbhach a dhol seachad air craobh fheàrna mas tachradh tu ri mèirleach, ri beathaichean os-nàdarra no nas mios oir bha cliù aig coilltean mo chraobhan mar àitean far am b' urrainn dht a dhol am falach gun do lorg. Canaigh cuid gun robh am Feàrna coisrigte aig an Dia-fithich Bran, duine mòr famhaireach, a tha ann an seanchas nan Cuimreach san t-seann sgeulachd mhòir *The Mabinogion*.



# Mum dheidhinnsa... An Droman



IS MISE AN DROMAN ach tha daoine air iomadh ainn eile a thoirt dhomh: 'Elder'; 'Ruis'; '*Sambucus nigra*'; 'Troman'; 'Buthtraidh'; 'The Medicine Tree'; 'Hyldor'.

Gheibh thu lorg orm a' fàs ann an callaidean agus ann an coilltean sgàileananach. Is e craobh bheag mi, a tha a' cur ghasagan an-àirde anns gach àite. Tha gasan orm mum bhonn agus tha mi a' sgaoileadh mheanglanan an siud 's an seo timcheall orm. Tha an rùsg agam garbh agus làn sgoltaidhean ach tha mo gheugan òga rèidh agus làn glaodhan bog geal a tha furasta

a thoirt às.

Goirid às dèidh dha na duilleagan thighinn orm tha guagan fhlùraichean a' nochdad. Mas tig an Ògmhios tha na flùraichean fo bhlàth leis na meanglanan làn blàthain chùbhraidh gheal - gach flùr còig flùr-bhileagan beaga le siopal uaine le coltais reultan air cùl nam flùraichean. Aig deireadh an t-samhraidh tha mo fhlùraichean air a dhol nan caoran-dromain sùghmhor dubh-phurpaidh, a' crochadh ann am bagaidean mòra troma dha na h-eòin (agus dha daoine ma tha iad luath gu leòr!)



Tha mi nam sheann charaid do mhac an duine le luach mòr ga chur orm ri linn chleachdaidhean leigheis fad ghinealaichean mòra. Tha mo dhuilleagan air an cleachdadh air ain-teas agus mar phurgaid agus fual-bhrosnaidh. Faodar mo fhlùraichean a thogail, a thiormachadh agus a chleachdadh mar teatha leighis airson fiabhras, an lònidh, sgòrnan, casadaich agus fuachdan. Tha lionn air a dhèanamh le flùraichean an dromain a' comhfhurtachadh shùilean sgith, a' fàgail craiceann bog agus sgèimheach, agus 's urrainn ga chur ri cè gnùise. Bha e cuideachd aig na Gàidheal gum faiceadh tu na Sìthichean nan cuireadh tu boinneagan de bhùrn dromain nad shùilean. 'S urrainn dhut cuideachd deoch sheunta lem fhlùraichean.

Tha na dearcan agam slànachail cuideachd agus, air an tiormachadh, gabhaidh teatha a dhèanamh leotha. Tha siorap Elderberry Rob air a chur ann an bùrn teth na deoch mhìorbaileach blàthachaidh a tha math dhut ma tha fuachd agad nad bhroillich agus gad fhàgail nad phallas. Na ithe cùs dhe na dearcan ge-tà no thèid d' fhàgail le mionnach gort. Anns a' Ghearmailt bhithte a' cur mo dhearcan ann am brot. Bha fion leithid claret ga reic teth le caineal air sràidean Lunnaid gus blàthachadh oibrichean agus luchd-siubhail a' bhaile. Nìthean dathadh



de dhathan domhainn dha clò lem  
dhearcan cuideachd.

Bhathas cuideachd ag ràdh gum  
falbhadh foinnean nan deigheadh  
an slìobadh le tè dhe na slatan uaine  
agam agus iad an uair sin gan stobadh  
dhan talamh a ghrodadh. Nithear  
faochadh air an dèideadh le slat ga  
cumail nad bheul is tu a' cantainn  
'Thalla, droch spiorad!' Tha fungas  
purpaidh (le cumadh cluaise) a' fás air  
mo chraobhan a tha math ri ithe ris an  
canar 'Cluas an lùdhaich'.

Tha mi le glaoordan bog gu leòr agam  
na mo mheadhan agus ma chuireas tu  
toll tro tè dha na gasan uaine agam  
ní thu slat teine, piob-phearsach no  
feadag a chuireas na beathaichean as  
fhaidhaiche fo gheasaibh.

Air sgàth agus gur e craobh gu  
math feumail a th' ann, bhathas a'  
creidsinn gun robh cailleach għilic, A'  
Mhàthair Dhromain (no Hyldermoer,  
seann sgeulachd Dhanmhairgeach is  
Lochlannach), a dhèanadh a dachaigh  
ann an droman. Tha e daonnaan glic  
cead fhaighinn bhuaipe mas geàrr thu  
i no mas toir thu pios aiste, ach neo  
is i duais droch fhortan a gheibh thu.  
Thuirt an seann Choilltear, 'A Chailleach  
an Dromain, thoirt dhomh do fhiodha,  
agus bheir mise dhutsa rud dha na th'  
agam, nuair a thèid mi nam chraoibh.'  
Ann an ceàrnaidhean de dh'Alba, cha  
chuireadh daoine fiodha dromain air  
an teine oir bhathas ga shaoilsinn mì-  
shealbhach a bhith gam losgadh. Nan  
deigheadh craobh Caillich an Dromain  
a leigil a dhèanamh àirneis dhith,  
leanadh i dhachaigh an fheadhainn a  
rinn e a dhèanamh tathaich orra mura  
robh iad air cead iarraidh an toiseachd.  
cinnteach gu bheil thu cinnteach às na  
tha thu a' togail mas ithe/òl thu càil.

## Deoch Samhraidh Dromanach

Faigh 4 cinn fhlùraichean dromain  
fo làn-bhlàth; 4 1/2 liotairean bùirn;  
liomaid; 650gm siùcar geal; 2 spàin  
mhòr fion geur.

Leagh an siùcar ann am bùrn teth  
agus cuir dhan bhùrn eile e ann am  
mias mhòr. Cuir ann an liomaid (na  
cairtealan) agus an sùgh, fion geur,  
agus cinn fhlùraichean. Cuir ceann  
air agus cuir mun cuairt e gach là fad  
4 làithean. Siolaich agus cuir ann am  
botal i. Bu choir dhith a bhith deiseil  
'son òl an ceann 10 làithean ach  
thoirt an aire nuair a fhosglas tu na  
botal mas spùt i a-mach!

## Deach Geamhraidh Dromanach

Faigh bagaidean mòra de dhearcan  
agus bheir dheth na gasan le forc.  
Bruich ann am bùrn teth iad (bùrn  
tharta) fad fichead mionaid le dà slat  
caineil agus trì colbhan.

Siolaich tro pheàrlainn i agus leig  
an sùgh a-mach air do shocair. Cuir  
3/4lb siùcar ann air gach pinnt  
lionna agus bruich airson fichead  
mionaid i.

Cuir i ann am botal agus cuir ann  
an àite fionnar i. Ni e deoch mhath  
bhlàthachaidh dhut air a leaghadh  
ann am bùrn teth.



# Mum dheidhinnsa... An Giuthas




CANADH daoine Giuthas rium ach tha iomadh ainm agam: 'Pine'; 'Pinus sylvestris'; 'Pin-chrann'; 'Giuthas Albannach'; 'Pinon'; 'Fyr'.

Buinidh mi do na seann choilltean aosmhòr agus tha mi nam sheasamh àrd is dìreach, le suas ri 30m de dhàirde annam. 'S urrainn dhomh a bhith beò fad cheudan de bhliadhnaagan agus tha mi feumach air freumhan mòra treuna gus nach tuit mi ann an

gaoth mhòr. Tha mi a' toirt seasgair do ghnèithean nach eil cho tapaidh. Tha mi a' fàs ann an cuid dhe na ceàrnaidhean as fhiadhaiche air feadh an Leth Thuath dhen Chruinne, bhon Chearcal Artach gu Crios na Cruinne, agus gheibh thu lorg badan den t-seann choille Albannach air Gàidhealtachd na h-Alba, mar eisimpleir aig Coille Dhubb Raineach agus Gleann Afraig.

Tha dath blàth copair air an rùsg



agam, agus tha mo dhuilleagan - snàthadan giuthais - a' fàs ann am paidhrichean (Singilte = Spruis; Paidhrichean = Giuthas agus Iomadh = Learag). As t-earrach, tha dà sheòrsa flùir a' tighinn orm - feedhainn bhoireanta is fhireannta. Tha na flùraichean fireannta a' fàs timcheall air bonn fàis ùir, le mòran poilein anna, agus tha na flùraichean boireannta, aon uair is gu bheil poilean air a dhol orra, a' dol nan durcain beaga de fhlùraichean sa bheil siol beag donn le sgiathan orra.

Tha na durcain agam a' fosgladh nuair a tha turadh ann agus iad a' dùnadh leis an uisge - ma bheir thu team na do phòcaid mi innsidh mi dhut dè seòrsa tide a bhios ann!

Chan eil mi fada gun fàs agus thathas

a' cleachdadh m' fhiodha ann an togail thaighean. Leis is gu bheil mi a' fàs àrd is dìreach, tha/bha mi a' freagairt air trasnain-rèile, pòlaichean-fòna, cruinn agus sligean seann longan. Tha mo ròiseid cho tiugh is gu bheileas ga cleachdadh mar cèir-sheulaidh (ann am bàtaichean is baraillean) air boghachan-fhidhlean ach an toirear ceòl nas binne asta!

Thathas ag ràdh gu bheil mo ròiseid na leigheas air nithean leithid am fiabhras-cléibhe agus trioblaidean sgamhain agus tha feartan mòra lobhar-leigheis innte. Tha teatha air a dèanamh lem snàthadan lan beothamain C, agus bha na durcain làn



chnòthan agam gu math cudromach mar stòras bìdh nuair nach robh mòran eile ann.

Bho chionn fhada bhiodh daoine a' losgadh snàthadan-giuthais gus glanadh an àile agus gus smunaitean dorcha a' gheamhraidh a sguabadh às. Ann am mòran chultaran tha mi a' samhlachadh irioslach, deagh fhortan agus soirbheas. Anns na seann aimsirean dheigheadh meallan mòra dem fhiodha ga losgadh air Là Leth a' Gheamhraidh, an là as giorra, gus comharrachadh dol seachad na bliadhna agus gus tèladh na gréine air ais. Dheigheadh mo gheugan agus logaichean Nollaige a thoirt a-steach dhan taigh mar sgeadachadh a chumadh blàths agus solas na bhroinn agus mar chuimhneachadh air neo-bhàsmhorachd beatha.

Chaidh mo chleachdadh ann an Alba mar chomharra air àiteantiodhlaicidh ghaisgeach agus cheannfeadhna. Ann am mòran chultaran bha daoine a' creidsinn gun robh na Sìthicéan a' còmhnaidh nam choille mhòir, cho math ri cailleachan a bheireadh, no's dòcha nach toireadh, fasgadh do neach-siubhail! Ann an seachas nan Ròmanach bha mi coisrigte aig an Dia Attis a chaidh na Ghiuthas nuair a chaidh a mharbhadh le torc. Anns an Èiphit, chaidh Osiris

- Dia draoidheachd agus na spiorad craoibh - a shnaigheadh lem fhiodha agus a chuir ann an toll nam stoc.

Feuch is gabh cuairt trom choilltean aosmhòr. Dùin do shùilean ach an cluinn thu anail mo threubha a' sruthadh agus a' cagar mar èirigh agus tuiteam na mara. Tarraing a-steach m' fhàileadh agus geallaidh mi gun toir mi togail do na cridheachan as ìse.

### Mil Snàthadan Giuthais

**Tha seo na deoch-leigheis ainmeil airson gabhail aig an taigh air a bheil blas milis agus a bheir neart dhut.  
Tha i a' toirt leigheas air casadaich agus air a' ghalar smuigeadach.**

**Thathas ga dèanamh le bhith a'  
goil 1kg de snàthadan ùra giuthais  
no gasan giuthais ann an ceithir  
liotairean bùirn. Fàg i (air a  
còmhdaicadh) fad dà la agus an uair  
sin shiòlaich tro anart i. Cuir inntè  
1lb de shiùcar agus sileagan mil agus  
bruich i gus am fàs i tiugh. Cuir ann  
an sileaganan i fhad 's a tha i blàth.  
Gabh spàin bheag dhith air neo cuir  
ann am bùrn teth i agus òl do leòr!**



# Mum dheidhinn... An Cuileann



Is mise an Cuileann ach tha iomadh ainm eile agam: 'Ilex aquifolium'; 'the Holy Tree'; 'Craobh-chuilinn'; 'Crann-cuilinn'; 'The Tree of Midwinter'.

Tha mi nam chraoibh bhig shiouraine, a' fàs air mo shocair agus buinish

mi do Bhreatann agus do mheadhan agus ceann a Deas na h-Eòrpa. Tha mi a' fàs gu 12m de dh'airde. Tha rùsg mìn finealta orm le hath car airgeadach air. Tha duilleagan tiutha biorach orm ach tha iad a' fuireach dubh-uaine fad na

bliadhna. Mu àm a' Chèitein tha blàth a' tighinn orm, le flùraichean boireannta agus fireannta a' fàs air craobhan fa leth. Tha am flùr boireannta a' dol na dearcan a tha fàs abaich is dearg as t-fhoghar. Tha gach dearcan le ceithir



clachan beaga anna. Bidh an uiseag-sneachd, an uiseag, am brù-dhearg agus an spideag a biathadh air mo dhearcan agus 's toil leis na h-iseanan beaga am fasgadh a gheibh iad nam mheanglanan fad na bliadhna, gu h-àraighe sa gheamhragh.

Chaidh mo chuir, gu tric, ann an callaidean agus bhiodh droch-fhortan air a choisinn le duine sam bith a ghearradh sìos mi. Air mo phreasarlach, dheigheadh mo fhiodha de ghràinean faisge a chleachdad mar chuipeaneich no airson fir-tàilisg. Dheigheadh mo chuir faisg air taighean oir bhathas a' saoilsinn gun robh mi gan dòn bhon dealanaich. Dheigheadh gual-fhiodha a dhèanamh dhòm a dheigheadh a losgadh le gobhaichean le cho teth 's a bha mi a' losgadh.

Tha mo dhuilleagan a' toirt biadh làn mathais dha stoc, ged a tha cuid de thuathanaich gam pronnadh gus nach bidh iad buileach cho biorach! Ann an Ameireagaidh tha na duilleagan gan cleachdad ann an deochan oir chan eil cafein anna. 'S toil le rabaidean a bhith ag ithe mo rùisg agus tha mo dhearcan a' cumail biadh ris na h-eòin. Chan fhiadh na dearcan agam do dhaoine ge-tà, tha iad puinnseanta agus fàgaidh iad tinn thu.

Tha buntanas làidir agam don Nollaig, ged a bha seanchas ann

uaireigin mu bhith gam thoirt a-steach a thaighean oir bha mi a' cumail seasgair agus dòn ris na sìthicéan a b' urrainn a dhol còmhla ri daoine àbhaisteach aig an àm seo dhen bliadhna.

Ach, bu choir mo thoirt air falbh air an Dàrna Oidhche Dheug (1 Gearann) air neo bhiodh droch fhortan nam lùib.

*'Bheir sìos an liath-ròs  
Is bheir sìos an uil-ioc.  
Sìos leis a' chuileann  
'S an eidheann an ceudna.  
Bheir sìos gu leir  
Sgeadachadh na Nollaige.*

Ann an seanchas nan Gàidheal bhathas ag ràdh gun robh An Cuileann na Rìgh a bha a' riaghlaigh thar an dàrna leth dhen bhliadhna bho mheadhan an t-samhraidh gu meadhan a' gheamhraidh (21 Dubhlachd) agus gum faigheadh an Darach làmh an uachdair suas gu meadhan an t-samhraidh (21 Ògmhios) – seall na stòiridh cuideachd mu Ghawain agus An Ridire Uaine.









## Fios gu

Coilltearachd na h-Alba

FÚn: 0300 067 5000

Facs: 0300 067 3003

Eadar-líon: [www.forestry.gov.scot](http://www.forestry.gov.scot)

Is e Coilltearachd na h-Alba aí bhuidheann aig  
Riaghaltas na h-Alba a tha an urra ri poileasaidh,  
taic agus riaghlaadh airson coilltearachd ann an Alba

Air fhoillseachadh an tÚiseach le Coimisean na Coilltearachd - Am Mìrt 2015

ISBN 978 0 85538 904 8

© CÚir Lethbhreac aí Chrín 2015

Na dealbhan uile bho Leabharlann Dealbhan Coimisean na

Coilltearachd ach nuair a chaith an caochladh a chur an cill

Air a dhealbhadh le Ian Kirkwood Design

FCMSI28/FC-5(DIS)/21C/2K./MAR15